

CÒMHRADH

MU

CHOR NA H-EAGLAISE.

[Bho CHUAIRTEAR NAN GLEANN airson Ceud Mhios an t-Samhraidh.]

AM FOIRBHEACH—AN GOBHAINN—AM MAIGHSTIR-SGOILE—
AGUS CALUM.

Foirbh.—Am bheil thu 'dol a dh'fhàgail na h-Eaglais, a Chalum?

Cal.—Matà, 'ghoistidh, cha'n 'eil mi direach uile gu léir cinnteach cò dhiùbh 'tha, no nach 'eil. 'Bheil thu fèin a' dol a mach?

Foirbh.—Cha'n 'eil fathasd—c'arson a rachadh? Tha mi nis, air an Fhéill-Màrtuinn so 'tighinn, dà-hliadhl-deug 'am fhoirbheach innse; agus, an àit i 'bhi 'bbeag ni's miosa na bha i'unair thàinig mise stigh, tha i air iomadh dòigh mòran ni's feàrr; agus gus am faic mise gu bheil i 'fàs ni's miosa, agus a' dol air a h-ais, fuirghidh mi innte. Bhaisteadh mi innte—thogadh mi innte—cheangail mi mi fèin rithe air ionada dòigh; agus an uair a cho-aontaich mi a bhi 'm fhoirbheach innte, thainig mi fo bhòidean cudthromach, an làthair Dhia a's dhaoine, eas-aonachd a sheachnadh—a sith a chur air aghaidh; agus gus am faic mise mearachd nach léir dhomh fhathasd, cha téid mi mach, 's cha sgar mi mi fèin o a comunn. Deanadh feedhainn eile mar is àill leo fèin.

Cal.—Cha chualt thu, 's dòcha, na ministerean siùblach a bha'n so o chionn ghoirid, a shioilleireachadh dhaoine mu na nithe so—na triallairean deas-chainnteach a chuireadh a mach a thogail na dùthicha?

Foirbh.—Nach enala? 'S mi 'rinn sin. Mur 'eil sinn eòlach mu na nithe sin a nis, agus gach aobhar-easaid a th'aea, cha'n ann le dìth innseadh dhuinn. 'S leòir e gu ceann duine 'chur 'na bhreislich, a' għlaodhaich 's an rànaich tha orra o àite gu h-àite.

Cal.—'S iοngantach leam fèin an aimhreit 's a' chomhstòr tha 'm measg na cléire—an smàdadhl 's an iorghuill! Có is binne glòir na iadsan mu shith, agus réite, agus gràdh bràthaireil? mu mhodh agus mu shiobholtachd-cainntte?—ach cò is sgaitiche na iad an aghaidh a chéile, aon uair 's gu'n tig nì air bith eatorra?

Foirbh.—Faodaidh tu a ràdh. Ach coma cò dhiùbh, cha'n 'eil amata ach daoine. Tha laigsinn fuaigthe ri nàdur mhic an duine; 's cha'n 'eil saorsa acusan is feàrr o'n cuid fèin de fhàilnibh.

Cal.—Tha sin flor; ach nach truagh nach b'urrainn doibh na nithe tha 'tighinn eatorra a shocrachadh, agus cùisean na h-Eaglais a réiteachadh, gun uiread othail a' chonnsuchaidh ann an Seisean-aihh, Seanadh, a's Ard-chomhairle na h-Eaglais? Agus cha'n fhoghainn so, ach 's eigin doibh coinneamh a chumail an sud's an so—cha'n e amhlàin 'nan sgìreachdan fèin, ach 'an sgìreachdan dhaoin'eile. 'S cha dean siu eis: 's eigin committees (comuinn-riaghlaidh) a shuidheachadh anns gach àite, de na h-nile duine 's briathraiche na chéile 'san àite—a h-uile òganach dian, bras, bathaiseach, aig a' bheil comas na teanga; agus, a chum an cumail gun fhuarachadh,

agus am fiabhrus buaireasach a chunnail suas, tha paipearan-naigh-eachd, a's litrichean, a's leabhragan beaga, a's óraidean, air an sgaoileadh 'nam measg; agus mur can gach duine mar a chanas iadsan, no ma tha 'dhanadas aig neach barail a thabhairt an aghaidh am barail-san, tha iad 'ga chàineadh 's 'ga ruith-sios mar neach nach 'eil 'na airidh air ainm críosduidh. Cha'n 'eil a' chrídh' aig neach focal a ràdh, ma's fior, ach mar a chuirear 'na bheul leòsan. Coma leinn féin an guothuch—cha'n 'eil ach fior bheag de spiorad ciùin an t-Soisgeil r'a fhaicinn 'nam measg.

Foirbh.—Cha'n 'eil thu fada 'in mearachd, a Chalum. Bitheadh nithe co olc 's a tha iad a' ràdh, agus anacothrom 'ga dheanamh air an Eaglais; ach is mi-chiatach, mi-chneasda, drochmhuiinneach an spiorad leis a' bheil daoine 'feuchainn na gnothuichean so a shocruchadh. Tha e làn-cheart do gach duine a bharail féin a bhi aige, agus a seasamh gu daingionn—agus a bharail féin innseadh gu neo-eisiinealach; ach cha'n urrainn mi a chreidsinn gu bheil an dòigh tha cuid do dhaoine 'gabhal air na cùisean sin a réiteachadh, idir idir a réir an spioraid a thigeadh do luchd-leanmuinn Chríosd àrach. Cha'n 'eil an spiorad connspaideach conasach sin a tha cuid de mhinisteirean a' leigeil ris, ann am bhàrail-sa, idir cosmhuil ri spiorad nan abstol, a thug iad féin suas gu buileach do ùrnigh agus do shearmonachadh an fhocail, agus a bha taingeil 'nuair bha ead aca sin a dheanamh; agus tha fios againn eò è a thubhairt, "Cha'n fhaod òglach an Tighearna 'bhi connspoideach, ach ciùin ris na h-uile dhaoine, ealamh chum teagaisg, foighidneach," (2 Tim. ii. 24); agus, mar an ceudna, 'sann ann am focal Dé tha e air a ràdh, "Ged bheirinn mo chorp chum a losgadh, agus gun an gràdh sin agam tha fad-fhulangach agus caoimhneil—an gràdh nach 'eil air a shéideadh suas—an gràdh nach smuaintich olc—an gràdh a dh'fhuingeas na h-uile nithe—a tha gun fharmad, agus gun fhéin-uall,—cha'n 'eil annam ach neo-ni." A nis, is duilich leam a ràdh nach 'eil mòran de sin ri fhaicinn 'nam measg; agus, 'na dhéigh sin uile, 's daoine maith, ionraic, tréibhdhireach, mòran diubhl; ach tha an dòigh a ta iad a' gabhal a' cur mòr-iongantas orm.

Cal.—Theagamh gu bheil; ach, bitheadh iad co maith 's is urrainn doibh, tha iad air am breith-as le'n séidrich 's le'n smàdadh. Thog iad faloisg 'san dùthaich nach bi furasda stad—a' dùsgadh iorghuill, a's aimhreit, a's mi-rùn—a' cur islean an aghaidh uachdaran, 's a' roinn theaghlaichean an aghaidh a chéile—pobull an aghaidh cléire. Cha toigh leam féin an dòigh tha iad a' gabhal, a' toirt air daoine bochd au làmh a chur ri pàipeir—a' toirt orra a chreidsinn gu bheil eucoir mhòr 'ga dheanamh orra—gan lasadh suas an aghaidh lagh na dùthcha—'s a' diomoladhl na h-Eaglaise sin d'am buin iad féin, agus a bhòidich iad a sheasamh. Cha'n fhaod beannachd no soirbheachadh a bhi an lorg a leithid so do ghiúlan. Bu chòir dhoibh a bhi ciùin, foighidneach, ciallach.

Foirbh.—Cha'n 'eil thu féin ciùin, a Chalum. Tha mi 'faicinn mearachdan air gach taobh, ged nach 'eil mi a'm' dhuine fogh-luimte. Tha iomadh nì 'san Eaglais a b'fheàirde 'atharrachadh; ach cha'n iouann sin 's a milleadh gu buileach. Ach stad; chì mi am Maighstir-Sgoile 's an Gobhainn Mòr a' tighinn. Feith ort, a Chalum! Thugad a nis, mur faigh thus' e! Tha thu 'an lamhan nam Philistneach.

Cal.—Thugadsa thu féin! Cha'n 'eil anna'nsa ach duine bochd gun mhòran sgoile; ach thusa, 's foirbheach-eaglais thu; agus is



tusa's éiginn an eath a chumail, agus an Eaglais a sheasamh. So, so! feuchamaid airson fasgadh Creig-an-Flithich—cùl gaoithe, 's aodann gréine. Cùm riutha nis, a ghoistidh!

M. Sgoile.—Tha sibh an so, fhearaibh, a' leigeil 'ur sgios. Nach b'e sin latha 'n àigh? Fàilt oirbh!

Cal.—Mar sin duibh féin. Latha an àigh, da rìreadh!—latha buidhe Bealltninn. Cia mar tha'n Gobhainn Mòr an diugh?

Gobh.—Tha mi a'm shlàinte, Chalum. Bha mi dìreach ag ràdh ris a' Mbaighstir-Sgoile 'n so, gu robb mi cinnteach gu robb thu féin 's am Foirbheach a' seasamh cùis na h-Eaglaise, agus a' diomoladh gach aon a tha air chaochla baralach.

Cal.—Nach 'eil uiread chòir againne a seasamh, 's a tha agadsa agus aige-san a smàdadh?—nach 'eil uiread chòir againn a cumail 'suas, 's a tha agaibhse a bristeadh 's a leagail? Bha sinn dìreach a' seanachas mu ghnothuichean Eaglais Stéidhichte na h-Alba. 'S beag a shaoil mi gu'n tigeadh an latha anns an cluinninn thusa no fear eile a' labhairt m'a tilgeadh gu làr, 's an aitreabh àluinn urramach fhàgail 'na làraich luim. Cha'n fheud e blith nach 'eil ni-eigin gu fada 'm mearachd, mu'm maoigheadh neach air bith a leithid do ghuionmh dòlasach a dheanamh: ach 'si 'cheisd, có is coireach?

M. Sgoile.—Faodaidh tu da rìreadh a ràdh gu bheil ni-eigin fada 'm mearachd. Ciod an nì is dòlasaiche 's is déisniche na gum biodh ministeirean nach 'eil taitneach air am foirneadh a stigh thar amhchannan an t-sluaigh a dheòin no dh'aindeoin? 'Nuair tha lagh na rioghachd, agus cuirtean an lagha, a' cur grahadh air ministeirean an t-soiseil ann an coimhlionadh an dleasanas spioradail—'nuair tha lagh na rioghachd a' spionadh a' chrùin rioghail o cheann Chriosd, ag àicheadh a cheannais agus 'uachdar-anachd—'nuair nach 'eil ni's faide comas aig cuirtean na h-Eaglaise smachd agus riaghailteam na h-Eaglais' a chuir gu buil—'nuair a dh'fheudar "Ichabod, tha do ghàoir air t'fhàgail," a sgriobhadh air a ballachan.

Gobh.—Seadh, faodaidh tu da rìreadh a ràdh gu bheil ni-eigin olc, 'nuair tha Cùirt an t-Seisein, na morairean dearga, 'tighinn edar a' chléir agus gach dleasannas spioradail air bith—'nuair nach fheud iad comharadh comanaich no baistidh a thoirt do neach, gun a bhi ann an cùnnart sumanadh uapasan, agus càin a chur orra air a shon.

Cal.—Sin thu, 'Ghbhainn! Leig thu ruith do d' theangaidh; b'e do dhòigh riambah ruith air falbh leis a' chleith-chliata. Ach dean air t'athais. 'S fhada o'n chuala tu, "Tha dà thaobh air bàta 'n aisig." Tha mise 'g ràdhainn riut, nach 'eil anns na thubhaint thu ach goileam agus spleadhachas gun bhunnachar.

Foirbh.—Air 'ur n-athais le chéile, 's togaibh de'n dóigh chainnte sin. 'S gnothuch cudthromach e: labhraidh mi gu stòlda, suidh-ichte, ciallach, mu'n chùis. Gun teagamh, a Mhaighstir-Sgoile, bu mhiann lean 'ur barail féin a chluinnintinn. Thubhaint sibh air an àm ionadh nì mu'n Eaglais a bha searbh ri éisdeachd, agus bu déisneach dòlasach nam b'ann mar sin a bha a' chùis; agus da rìreadh, nam biodh an dara leth de na thubhaint sibh fior, cha'n fhuirghinn latha na b'fhaide 'san Eaglais, mur b'urrainn duinn a' chùis a réiteachadh, agns gach aobhar-ghearrain a thoirt as an rathad. Ach ma tha thusa ceart, tha mise fada 'm mearachd. Innis domh ciod è do bharail mu'n nì ris an abair iad *non-intruder*.

sion?—mìnich dhomh ciod an seadh anns a' bheil thusa 'togail na cluise.

M. Sgoile.—Ni mi sin—thà direach nach bi fear-teagaisg no ministeur air fhòirneadh a stigh air coi-thional no sgireachd air bith an aghaidh toil a' phobuill. Sin agad mo bharail-sa; agus is duilich leam thusa 'bhi aineolach mu dhéibhinn seadh an fhocail.

Foirbh.—Cha'n eil mi, 's maith dh'fhaite, eo aineolach 's a tha thu air bharail; ach innis so dhomh. Am b'aill leat a ràdh nach bu chòir do mhinisteir a chur a stigh air sgireachd (oir 'saun mu sgireachdan suidhichte tha an connsueadh uile, agus cha'n ann mu eaglaisean a thog daoine air an son féin, ris an abrar *Chapels*), 'nuair a deir na daoine amhàin, "Cha ghabh sinn thu," gun innseadh c'arson—gun aobhar, gun fhàth—gun uiread 's a ràdh, "'S dubh do shùl;" ach direach, "Cha toigh leinn thu, ach cha'n innis sinn c'arson;"—an e sin, ann ad bharail-sa, lagh na h-Eaglaise?

M. Sgoile.—Gun teaganbh, 's è. Ma deir an sluagh, "Air falbh leis l' bu chòir da sin a bhi nis leòir. Có 's eridheach a ràdh gur h-olc, ma deir iadsan direach, "Cha ghabh sinu thu gun fhios c'arson?"

Foirbh.—Tha fios agam gu maith gur e sin an lagh am measg nan *Dissenters*, iadsan a tha air dol gu taobh o'n Eaglais shuidhichte; ach cha chuala mi riamh gum b'e sin lagh suidhichte Eaglais stéidhichte na h-Alba, air chor 's nach faodadh i 'bhi 'na h-Eaglais idir gun a bhi air a togail air an riaghait bhunachair sin. Cha'n eil mi air an àm ag ràdh eia dhiùbh 'bhiodh a leithid de riaghait maith no olc; ach cha b'e lagh na h-Eaglais' e o'n latha air na sluidhicheadh i.

M. Sgoile.—Sè 'n lagh e, mar chi thu ma leughas tu Cead Leabhar agus Dara Leabhar Riaghailtean na h-Eaglaise.*

Foirbh.—Leugh mi iad le chéile uair a's uair, agus leugh mi iad le cùram: achi 's éiginn domh aideachadh nach d'amais mi riamh air an lagh air a' bheil thusa 'labhairt—lagh bunait na h-Eaglaise; 'se sin, gu faodadh an sluagh ministeur a thairgeadh dhoibh a clumail a mach, gun a ràdh c'arson a tha iad 'ga dhiùltadh, no gun reuson no cion-fàth an diúltaidh sin a chur an céill. Ma tha a leithid so do lagh intte, a dh'aona chuid, cha do cho-aontaich lagh na rioghachd leis; agus, mar sin, cha bu lagh na h-Eaglais stéidhichte riamh e.

Gobh.—A mach leabhraichean-riaghait na h-Eaglaise, agus lengh beagan asda do'n Fhoirbheach agus do Chalum. Tha iadsan, agus mòran cosunhuil riù, air an cumail ann an dorchadas mu na nithe sin. Dearbh thusa dhoibh, a mach asda sin, gur lagh bunachar na h-Eaglaise nach bi ministeur air fhòirneadh air sgireachd gun chead an t-sluaigh; agus nach 'eil e mar fhiachaibh orra fàth, no reuson, no aobhar sam bith, a thoirt 'na aghaidh, ach amhàin, "Cha ghabh sinu thu."

Cal.—Cha'n urrainn duinn a bhi an dorchadas ni's faide, a Ghobhaian, agus na sradan loinnearach tha 'leum o t'iuncan-sa agaínn chum ar soilseachadh.

M. Sgoile.—So, mata, leabhraichean-riaghait na h-Eaglaise. So a' Cheud Leabhar. Lenghaidh mi dhunibh o'n IV. Caib., far a' bheil e air a' ràdh, "Buinidh e do'n t-slugaigh, no do'n phobull, agus do gach coimhthional fa leith, am ministicearan a thaghadh."

Foirbh.—Cha robh an nì ris an can sinn *patronage* ann 'san àm

* First and Second Books of Discipline.

sin; agus innis dhomh an robh Eaglais na h-Alba air a suidheachadh 'san àm sin? Ach gabh air t'aghaidh. Leugh na leanas; na ceil nì air bith. Sin a' choire tha agam dhuibh, gu'n leugh sibh dìreach na sheasas an taobh agaibh féin, ach gu'n cleith sibh gu seòlta na tha 'nur n-aghaidh. Gabh air t'aghaidh. Thubhaint thu gu'n robh comas aig an t-sluagh air am ministeirean féin a thaghadh—ciod tuille?

M. Sgoile.—Bhà; ach mur deanadh iad sin taobh a stigh do dhà-fhichead latha, gu'n cailleadh iad a' chòir: agus bha còir aig an Riaghlaidair (*Superintendent*)—am fear a bhà thairis orra—ministeir a thaghadh, agus a shuidheachadh 'nam measg, gun chead iarraidh no fhaotainn.

Foirbh.—Có esan, an Riaghlaidair, no an *Superintendent*? Nach seòrsa do dh' Easbuig a th'ann?

M. Sgoile.—Gun teagamh, tha thu ceart; ach bhuiineadh e dhàsan a cheasnachadh, agus, ma bha e riarrachte leis, a shocruchadh 'nam measg. Nis, tha e air a ràdh an so, "Cha'n 'eil, air dòigh air bith, ministeir ri bhi air fhòirneadh air coimhlthional an aghaidh an toile." Sin agad an nì ris an abair sinn *non-intrusion* an Ceud Leabhar-Riaghlaidh na h-Eaglaise.

Foirbh.—Gabh air t'aghart; leugh na leanas.

M. Sgoile.—Ni mi sin. Tha air a chur ris na leugh mi: "Ach cha'n fhaodar a ràdh gu bheil ministeir air fhòirneadh air sluagh 'nuair tha luchd-comhairle na h-Eaglais' ann an eagal Dhé, agus, airson maith anmanna dhaoine, a' taigseadh dhoibh duine maith chum an teagast—duine nach ruig iad a leas a ghabhail, agus nach sparrar thairis orra, gus an ceasnuicheadh e, agus am faighear gu bheil e iomchuidh freagarach."

Foirbh.—Sin agad a' chìùs. Thoir fainear na leugh thu—cha robh ministeir ri bhi air a chur a stigh an aghaidh ar toile; ach ma bha esan air a cheasnachadh leis a' Chléir, no leis an Easbuig, agus air fhaotainn iomchuidh freagarach, cha robh diog aca ri ràdh—b' eigin doibh ghabhail ris. Nach b'e sin an lagh? Nach 'eil e gu pongail air a ràdh, cha'n fhòirneadh e, 'nuair a cheasnuicheadh e, agus a gheibh a' chléir gu bheil e 'na mhìisteir iomchuidh? Aon nair's gn'u robh e air fhaotainn freagarach leis a' chléir, olc no maith, b' eigin doibh ghabhail ris. Nach b'e sin an lagh! Cha b' ionann sin agus Lagh an Toirmeisg (*Veto Law*), tha 'toirt comas do na daoine a chur gu taobl gun aobhar idir, biodh a' chléir toilichte no gun bhi. Agus, a thuillcadh air so, tha iad ag ràdh riumsa nach robh an leáthar sin ('se sin, Ceud Leabhar-Riaghlaidh na h-Eaglaise) riamh air aideachadh leis an rioghachd, no leis a' Phàrlamaid—gur leabhar e a rinn an Eaglais i féin, ach ris nach do cho'aontaich a' Phàrlamaid riamh; agus leabhar a rimmeadh mu'n robh Eaglais na h-Alba riamh air a socruachadh. 'Bheil mi ceart a'm' Bharail? Nach robh an Eaglais 'san àm sin direach mar tha na *Dissenters*?—iadsan nach buin do eaglais shuidhichte idir, agus a dh'fheudas aon lagh a thogras iad a dheanamh.

M. Sgoile.—Matà, cha'n fheud mi ràdh gu bheil thu fada 'm mearachd.

Foirbh.—Cha'n 'eil mi idir am mearachd. Chuirinn neach air bith gu dùlan aon fhocal a thubhaint mi mu Cheud Leabhar-Riaghlaidh na h-Eaglais' a chur gu taobl. Nach leòir a ràdh gu'n robh an leabhar so air a sgríobhadh le seisear mhìnisteirean, agus

air a chur a mach sa' bhliadhna 1560? agus cha robh samhladh eaglais riaghailteach 'san dùthach fad fhichead bliadhna 'na dhéigh sin; agus cha robh i air a suidheachadh gus a' bhliadhna 1592—'se sin, dà-bhliadh'n-deug-thar-fhichead an deigh do'n leabhar sin a bhi air a chur a mach. 'S nàr, matà, do dhaoine 'bhi 'g ràdh gu bheil lagh-bunachair (*fundamental law*) na h-Eaglaise i'a fhaoatainn 'san leabhar sin. Tha dàointe bochda aineolach air am mealladh le leithid sin do chainnt. Ma tha Cend Leabhar-Riaghlaidh na h-Eaglais' a' dearbhadh nì air bith, 'se gum bu chòir Easbuigean a bli ann, oir shocruich iad deich dhinbh ann an Albainn. Na cluinneam tuille mn Cheud Leabhar-Riaghlaidh na h-Eaglaise—dùin e—cuir seachad e.

Gobh.—A mach an Dara Leabhar; feuch dhoibh a' chùis anns an riaghait sin.

M. Sgoile.—Ni mì sin. Cha'n eil teagamh air bith ciod i barail na h-Eaglais' mu'n dòigh anns am bu chòir do mhiniesteirean a bhi air an taghadh 'nuair chuireadh a mach an leabhar so. Leughaidh mi na tha air a chur sios ann mu'n chùis so. Ann an XII, Caib., tha o gu pongail air a ràdh, gum buineadh e do'n t-sluagh, do'n choimhthionail, am ministeir a thaghadh; agus cha chòir do mhiniesteir a bhi air flùirneadh, air chor air bith, thairis air coimhthionail; an aghaidh toil an t-sluagh, leis an Rìgh no aon eile; gun a bhi air à thaghadh gu laghail le co-aontachadh an t-sluagh air a' bheil e air a chàramh, do réir cleachdadh na h-Eaglais' ri linn nan Abstol, agus ceud lìnnetean Eaglais Chrìosd: agus do bhrigh (ars' iadsan) nach feud an dòigh so còrdadh no seasamh le *patronage* mar tha sin air a chleachdadh ann an Eaglais a' Phàpa, agus nach 'eil bunachar aige ann am focal Dhé, ach an àite sin gu bheil e an aghaidh focal Dhé, cha chòir àite 'bhi aig an dòigh so tuille 'san Eaglais ath-leasaichte. Mar so, tha thu a' faicinn gu bheil an nì ris an canar *patronage* air teachd a níos d'ar n-ionnsuidh o'n Eaglais Phàpanach, agus gu bheil e an aghaidh focal Dé.

Gobh.—Cha'n fhend e bith nach foghain sin do'n Fhoirbheach. Ciod is urrainn duit a ràdh an aghaidh na chual' thu o'n Dara Leabhar do Riaghait na h-Eaglais?

Foirbh.—Ciod is ainm, no, mar deir iad sa' Bheurla, *title*, a' chaibideil sin anns na leugh thu an riaghlaidh sin inn'n dòigh anns am bu chòir do mhiniesteirean a bhi air an taghadh?

M. Sgoile.—Matà, cha'n eil e furasdu dhòmhsa 'chur sìos sa' Ghàelic; ach leughaidh mi ann am Beurla e. “*Certain heads of reformation which the Church craved:*”—Ceannaibh àraid ath-leasachaidh a bha'n Eaglais ag iarraidh, no ag asluchadh.

Foirbh.—Có uaithe bha i'ga iarraidh? Có bha i ag asluchadh an riaghait sin a thoirt dhi? Có air a bha iad ag iarraidh cead?

M. Sgoile.—Thà air a' Phàrlamaid—air lagh na dùthcha, gun teagamh.

Foirbh.—Shaoil mi sin; agus tha mi a' tarruing naithe sin nach b'urrainn doibh an riaghait so a dheanamh gun chead na Pàrlamaid; oir nam b'urrainn, cha'n iarradh iad e. An d'fhuairead iad cead na Pàrlamaid? Na cho-aontaich an *Staid* ('se sin, lagh na dùthcha) leò? An robh an riaghait sin a bha iad ag asluchadh riaghair a deanamh 'na lagh 'san Eaglais shnídhichte?

M. Sgoile.—Coma có dhiùbh; ach—

Foirbh.—Cha clomha idir. Freagair mi gu pongail. An d'rinn-eadh lagh dheth?

M. Sgoile.—Cha'n fheud mi ràdh gu'n d'rinneadh.

Foirbh.—Ach tha thu ag ràdh rium gu'n do ghabh an Eaglais an suidheachadh a thugadh dhith leis a' Phàrlamaid, ged a chuireadh an nì sin *patronage* mar chuing thairis orra—an nì sin a thubhlairt iad a thainig o'n Phàpa—an nì sin a bha'n aghaidh focal Dé, agus mar sin peacach. Am bheil thu ag ràdh rium gu'n do strìochd an Eaglais da—gu'n cheadaich i bli air a suidheachadh mar Eaglais na h-Alba, le lagh na *patronage* thairis oirre?

M. Sgoile.—S éigin domh a ràdh gu'n do ghabh iad na sochairean a thairgeadh dhoibh, agus gach maith eile tha fuaithe ri eaglais stéidhichte, a dh'aindeoin lagh *patronage*; oir bha fios aig na daoine maithe, mur gabhadh iad na thairgeadh dhoibh, agus mar a thairgeadh iad, nach b'urrainn doibh eaglais stéidhichte idir fhaotainn; agus, ole's mar a bha *patronage*, agus fuathach mar a bha e dhoibh, gum b'fhearr eaglais shuidhichte leis, na bhi gun eaglais idir as 'eugmhais.

Foirbh.—Tha mi 'ga fhaicinn sin gu maith, 's 'ga thuigsinn: 'se sin, cha b'urrainn doibh saor chomas ministeirean a thaghadh 's a chur a stigh mar a b'aill leo, agus sochairean eaglais shuidhichte fhaotainn maille ris a' chomas sin. B'éiginn doibh, uime sin, dealachadh ris an dara cuid. Ghabh iad an roghainn a shaoil leo a b'fheàrr airson maith spioradail na rioghachd. Rinn iad dìreach a' cheart nì bu chòir do'n Eaglais a dheanamh air a' cheart àm so—'se sin, na's urrainn doibh fhaotainn a ghabhail, agus gun dealachadh air chor air bith ri sochairean aimsireil na h-Eaglais; oir as an eugmhais sin, bhiodh iomadh ceàrna do'n dùthaich gun eaglais idir.

M. Sgoile.—Cha'n urrainn doibh sin a dheanamh; oir ged nach do cho'aontaich a' Phàrlamaid riabhis an dòigh a b'aill leis an Eaglais a ghabhail air ministeir a thaghadh, mar tha'n dòigh sin air a cur sios anns an Dara Leabhar-Riaghait, gidheadh, do blàrigh gu bheil an dòigh sin ann am focal Dé, agus *patronage* an aghaidh focal Dé, tha sin nì's leòir: 's cha'n 'eil e ceadaichte dhoibh strìochadh do dhòigh a tha calg-dhireach air a thoirmeasg leis na Sgriobtura; oir tha an Eaglais a' stéidheachadh a còraichean, cha'n ann air na leabhairchean-riaghlaidh a chuir i fèin a mach, ach air focal Dé.

Foirbh.—Coma leam an dòigh a th'agaibh air a ràdh gu bheil na h-uile ni tha do réir 'ur barail fèin r'a fhaotainn am focal Dé. Cha'u fhaca mi riabhis fhathasd gu bheil riaghailt sheasmach air bith a thaobh nan nithe sin air a chur sios ann am focal Dé: nam bitheadh, có ghabhadh a dhànadas cur 'na aghaidh?

M. Sgoile.—An e gu bheil thusa, foirbheach! eaglais, a' labhairt mar sin? Thusa a bhoid 's a mhionnaich gu sólaimte gu robh thu "creidsinn gu'n robh Eaglais Ath-leasaichte *Phresbyterianach* na h-Alba do réir focail Dé, ciamar is urrainn duit labhairt mar tha thu a' deananmh?

Foirbh.—Tha mi a' làn-chreidsinn gu bheil Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba do réir spiorad an fhocail, ged nach 'eil na ceart riaghailtean fo bheil gach cùis a bhluineas di air an cur sios 'am briathraigheibh.

M. Sgoile.—An saoil thu am fàgadh an t-àrd Uachdaran 'Eaglais fèin gun riaghailt air bith a thaobh nan nithe sin?

Foirbh.—Riaghailteau!—gun teagamh, dh'fhàg e riaghailtean. Dh'innis e dhuinn gum b'e an saoghal an t-achadh air a' bheil a

sheirbhisich ri saoithreachadh agus an siòl a chur, ach dhi'òrdnich e ministeirean agus pearsachan-eaglais chum so a dheanamh; agus tha na h-uile nithe ri bhi air an deanamh, chum gum bi mòr-thoradh air a thoirt a mach chum glòir do Dhia. Ach cha léir dhomhl gu'n d'fhàg e riaghailtean eagnaidh pongail airson a' cheart dòigh air am bheil a luchd-saoithreachaidh ri bli air an taghadh—air an suidheachadh 'san fhìonan; agus a thaoblh a' cheart seòrsa acfhuinn agus beart leis a' bheil iad ri saoithreachadh. Cia dhiùbh 'se an aon seòrsa caibe, crann-araidh, no cliath-chliata, tha ri ghabhail airson gach achaidh, cha'n eil e ag àithneadh dhoibh oibreachtadh direach 'san aon dòigh, chum deagh thoradh a thoirt a mach.

M. Sgoile.—S neònach a' bharail sin. An urrainn duit àicheadh nach d'thug e riaghailt phongail do Mhaois 'nuair thubhairt e ris (Ecosod. xxv. 40)—“ Feuch gu'n dean thu na h-uile nithe a réir an t-samhlaidh a thug mi dhuit air a' bheinn.”

Foirbh.—Có tha 'labhairt mu Mhaois? Bha, gun teagamh, e mar fhiachaibh airsan gach nì a dheanamh do réir an t-samhlaidh a thugadh dha, a thaoblh gu'n d'fhuair e samhladh; seadh, samhladh air a' choiumlear—air gach meur agus snap dheth, agus gach nì eile bhuineadh do phailliu naomh. Agus an e nach feudadh Dia, nam faiceadh e iomchuidh, samhladh gach nì a thaoblh 'Eaglais fèin gu deireadh au t-saoghal a thoirt duinn, agus riaghailt a thaobh gach cuis, nam faiceadh esan gu'n robh sìu feumail airson an t-saoghal, agus gu freagradh an aon riaghailt do gach ceàrn deth?—mar gum biodh gach achadh agus flònán 'san domhan gu bhi air àiteachadh, air a chur, 's air a chliathadh 'san aon dòigh.

Gobh.—Shaoilinn gum biodh an fhìrinn 'na fìrinn, auns gach àite—ma tha nì fior ann an Albuinn, gum biodh e fior anns gach àit' eile air feadh an t-saoghal uile.

Calum.—Shaoilinn-sa sin cuideachadh; ach cha'n eil sinn a' labhairt a nis mu'n fhìrinn, ach mu thimchioll na dòigh air an fhìrian a chur a mach. Tha dòchàs agam gur ionann aon tha 'ruigheachd air an fhìrinn, agus ga faotainn, ged nach i an aon riaghailt-eaglais fo bheil iad.

M. Sgoile.—Ach cluinnibh so. 'Si mo bharail fèin nach 'eil e comasach do dhuine air bith, ach neach a tha air a dhalladh, ma leughas e an Tiomna Nuadh le faicill, gun fhaicinn agus aideachadh gur e rùn agus toil Ard Cheann na h-Eaglais gum bitheadh ministeirean air au taghadh leis an t-slugh, no le buill na h-Eaglais—iadsan a bhuineas di; no a dh'aona chuid gu bheil e an aghaidh a thoile gu'n rachadh ministeir a chur thairis orra gun e bhi air fheuchainn leo.

Foirbh.—Mata, 's éiginn domh aideachadh nach faca mi sin riamlì fathasd gu soilleir ann an focal Dhé. Càite 'n d'fhuaras e anns an fhocal?

M. Sgoile.—Tha so gu soilleir air a chur mn'r coinneamh anns an eachdraidh a tha agaínn air an dòigh a ghabh iad ann an cend linn na h-Eaglais' ann an roghnachadh abstoil, agus 'na dhéigh sin deacons—se sin iadsan air an robh càrnan nam bochd.

Foirbh.—Tliig, mata, agus leughamaid a' chùis o fhocal Dhé, o'n cheud chaibideal do leabhar Gníomhara nan Abstol—ar leam gur h-ann an sin a tha e?

M. Sgoile.—'S ann. Bha iad ri abstol a thaghadh au àite Iùdais, a bhrath Criod. Bha mu thimchioll sèa fishead do na deisciobuil 'san làthair; agus tha e air iunseadh dhuinn, anns an

23 rann, gu'n do shònrich iad dithis, Ioseph agus Matias; agus rinn iad ùrnuigh, agus thubhaint iad, "Thusa, a Thighearna, d'an aithine eridheachan nan uile dhaoine, foillsich cò do'n dithis so a thagh thu." Agus 'na dhéigh sin thilg iad craunchur, agus thuit an crannchur air Matias; agus bha e air àireamh maille ris an aon abstol deng. Nis, nach soilleir uaithe so gur iad na deisciobuil uile a thagh an t-abstol so, agus gu'n robh guth aig gach aon aca sa' gnothuch?

Foirbh.—Cha léir dhomh sin idir. Tha e da rìribh air a ràdh gu'n do shònruich iad, gu'n dubhairt iad, 's gu'n do thilg iad crannchur; ach cò iad a rinn so? Cha'n eil e air a ràdh cò dhiùbh a b'iad na h-abstoil a rinn e, no na deisciobuil; no cia dhiùbh bha focal aig na mnathan co maith ris na fir. Ach so nì tha soilleir, nach e aon seach aon diubh a roghnaich an t-abstol, ach Crìosd, ris an d'earb iad a' chùis le ùrnuigh; agus fhuaras a mach inntinn Chriosd le crannechur a thilgeadh: air chor agus ma leanas an Eaglais an riaghailt tha againn sa' chaibideal sin, feumaidh iad dòigh ùr nach d'fheuch iad fathast a ghabhail a thaghadh mhinisteirean.

Cal.—Freagair sin, ma's urrainn duit.

M. Sgoile.—Cha'n eil mise 'g ràdh gu bheil e mar fhiachaibh air an Eaglais, anns gach linn, an dòigh sin a leantuinn.

Foirbh.—Mur 'eil, matà, c'arson tha thusa do ghnàth a' tighinn thairis air? Acli gabh air t'aghart mu'n dòigh a ghabh iad ann an roghnachadh nan seachdnar dhaoine ris an abrar *deacons*, air a' bheil cunnas againn anns an VI. Caib. de'n leabhar cheudna. Bha mi 'ga leughadh an dingh sa' mhaduinn.

M. Sgoile.—Ma bha, cha ruig sinn a leas a bhi 'dol thairis air a ritist. Nach éiginn duit aideachadh gur li-iad na deisciobuil a roghnaich na daoine foirfe sin.

Foirbh.—Gun teaganhlì, 's iad; ach cha bu mhinisteirean no luchd-teagaisg a thagh iad, ach daoine còire gu amharc as déigh airgiod nam bochd. Agus cò do'm bu chòir iad so a thaghadh, ach iadsan a bha 'cruinneachadh an airgid? Agus an uair a phàigheas daoine beatbachadh nam ministeirean, an eaglaisean, 's an tighean, feudaidh iad an sin a bli 'labhairt air gach cùis a bli aca 'nan dòigh fèin; agus da rìribh, nam biodh gach coimhthionail a nis cosmhnl riùsan a thagh na *deacons*, dh'fheudamaid taghadh na cléire fhàgail gu tèaruinte 'nan lamhan; gu h-àraid nam biodh a' chléir cosmhul ris na h-abstoil naomha, chum an cumail o dhol am mearachd. Bha iomadh nì 'san Eaglais ri linn nan abstol nach 'eil inntre nis.

M. Sgoile.—Cha robh dad. Agns nì air bith nach 'eil r'a fhaontainn ann am focal Dhé, cha'n fheud e bli ceart, cia air bith barail dhaoine m'a dhéidhinn.

Firbh.—Air do shocair: fendaidh iomadh nì bli ceart, agus dligheach, agns laghail, air nach 'eil iomradh ann am focal Dhé. C'ait 's bheil iomradh air sgìreachd, no eaglais-sgìreachd, no *stipend*, no *gliveachan*, agus iomad nì eile tha ceaduicte, ged nach 'eil diog mu'n déidhinn 'san fhocal? Agus bha iomada cleachadh ann an ceud liunte na h-Eaglais, nach faic mi nis air an leantuinn le aon air bith do na h-eaglaisean Criostail a tha 'nar measg.

Gobh.—Ainnich cuid diubh.

Foirbh.—Ni mi sin. Tha e air a ràdh, cha'n e aon uair, ach iomad uair, gu h-eagnaichd pongail, agus air a sparradh air na deisciobuil mar dhleasannas, iad a chur fàilt air a chéile le pòig

naoimh. 'Bheil so air a chleachadh? Agus a'ris, nach dubhlairet Criod, "Ma dh'ionnlaid mise bhur casan-sa, bu choir dlinibhse, mar an cendna, casan a chéile ionnlad?" Am bheil iad 'ga dheanamh so a nis? Agus nach 'eill an dà nì so gu mòr nì's soilleire air a chur mu'r coinneamh ann am focal Dhé, na tha lagh an *toirmeisg*, mu bheil daoine 'deanamh a leithid do dh'fhuaim?

M. Sgoile.—Ach nach aidich thu gur e'n nì ris an abrar *patronage* an tubaist is mò thainig riamh a stigh air dùthraig?

Foirbh.—Bheil beachd agad ciamar thainig sin a stigh air an dùthraig? Mur 'eil, innsidh mi dhuit. Anns na linnte dorcha, borb, a chaidh seachad, 'nuair nach robb eaglais 'san tìr, 'se'n dòigh a ghabh am beagan cléir a bh'ann, air a' chreidimh Chriosduidh a shocruachadh 'san dùthraig, gach saod a bha 'nan comas a ghabhail chum daoine mòra na rioghachd, aig an robh oiglreachd an fhearrainn, a bhrosnuchadh gu eaglaisean a thogail, agus beathachadh a shocruachadh air a' chléir; gu'n d'thug iad dhoibh comas air a' mhinisteir bu taitniche leò a chur a stigh: agus thug iad a' choir so dhoibh ('se sin ri ràdh, *patronage* na sgìreachd sin, dha fein agus d'a theaghlaich 'na dhéigh) mar dhuais airson na h-eaglais a shuidheachadh 'san àite. Agus, a bharrachd air so, thug iad da rogha àite-suidhe 'san eaglais sin; leac-lighe dha fein's d'a theaghlaich fo'n altair, ceann na h-àird'-an-ear do'n eaglais; agus iomad urram eile tha cuid de'n sliochd a' seilbheachadh gus an là-diugh. Agus is maith a thoill iad so. B'e'n gliocas a thoirt doibh; oir mur biodh an dòigh so air a ghabhail, bha mòran do'n dùthraig gun eaglais fathasd. Ach so a' choir bu mhiann leatsa a nis a spùinneadh uapa gun taing.

M. Sgoile.—Tha rud-eigin anns na bheil thu 'g ràdh; ach chaidh na h-amannan sin o chionn fhada seachad.

Foirbh.—Chia deachaidh idir. Tha duine suairee a rugadh ann an Lité, d'an ainm Maighstir Gladstone, a rinn mòran beartais ann an Sasunn; agus bu mliann leis a gliràdh do'n àite 'san d'rugadh e a thaisbeauadh: agus 'se'n dòigh a ghabh e, eaglais eireachdail a thogail, agus tigh-sgoile, agus suim mhòr airgid a chur air leth, a chum òrdughean an t-Soisgeil a bhuleachadh air muinntir Lité, agus sgoil d'an cloinn fad linnteann ri teachd. A nis, 'se'n t-aon sochair a ghléidh e dha fein air a shon so uile, gum bitheadh comas aige-san, fhad 's is beò e, agus aig 'oighre 'na dhéigh, air a' mhinisteir ainmeachadh: 'se sin ri ràdh, ghléidh e *patronage* na h-eaglaise so dha fein; agus có their gun b'olc? Ach so a' choir tha thusa's do chàirdean a nis ag iarraidh a spùinneadh uaithe.

M. Sgoile.—Ach nach eigin duit aideachadh gu'n d'thug *patronage* a stigh do'n Eaglais iomadh ministeir tioram, neo-bhlasda—iomadh duine leasg, fuar, suarach, gun diadhachd, gun ghras?

Foirbh.—S mi dh'aidicheas—'s aithne dhomh cuid diubh; agus càirich thusa taghadh nam ministeirean far an togair thu, thig cuid a stigh nach bu choir a bhi ann. Chuir thusa ceisd ormsa, 's cuiridh mise nis ceisd ortsa. An cuala tusa riamh mu dhéidhinn nluinisteirean a bha air an taghadh leis a' choimhthional, air am moladh leò, mar nach biodh an leithid 'san dùthraig, agus a thionndaidh a mach 'nan dubh-chealgairean, a' bristeadh leis an Eaglais, agus a b'èiginii teicheadh do dhùcha céin, a dh'fholach an cinu le näire. Seadh, an triùir mu dheireadh a bhristeadh sa' bhaile-mhòr so fein, 'sann le guth an t-sluaign a bha iad air an taghadh. Agus airson *patronage*, c'ait a' bheil an eaglais anns

nach 'eil cuid deth, a dh'aon seòrsa no seòrsa eile? Ged tha'n t-ainm aig cuid a dh'eaglaisibh air saor agus làn thaghadh ministeir a bhi aca, agus guth, ma's fior, a bhi aig gach aon, gidheadh gheibh thu fear-eigin sa' choimhlithional, duineachan moiteil seòlta, a shocruicheas a' chùis 'na dhòigh féin; agus 'sann agamsa tha fios gur iomad car a's cleas a tha air a ghabhail a clum an duine's aill leis na *patrons bheaga* so a chur a stigh le làmhachas-làdir, co uai'bheach 's a ghabh Diùc, no am flath eile is àird 'san dùthaich, riamh.

Gobh.—Ach nach aidich thu gnr mi-nàdurra an nì *patronage*? —gum biodh comas aig a' Bhanrigh, no uachdaran air bith, ministeir a chur thairis air sluagh gun an cead iarraidh no fhaotainn?

Foirbh.—Cha'n 'eil fios agam. Tha iomad nì ag amhare mi-nàdurra agus neònach, a tha, gidheadh, a' freagairt gu maith. Ciod an nì is mi-nàdurra na gum biodh caileag bheag mar tha a' Bhanrigh féin, agus fleasgach òg as a' Ghearmailt, air an cur thairis air na rioghachdan mòra so, gun chead iarraidh no fhaotainn o'n t-sluagh? Agus tha so ag oibreachadh a cheart cho maith, agus mòran ni's feàrr na ged a robh guth aig gach duine agus bean 'san tìr sa' chuis.

M. Sgoile.—Màta, cha'n 'eil fhios 'am nach 'eil thu ceart; ach gu dearbh, dhearbh na ministerean ud a bha 'labhairt an là roimhe gu robh *patronage* 'na gnothuch peacach dhoibhsan a bha 'ga thoirt seachad.

Foirbh.—Na gillean! an d'thuirt iad dad idir mu pheacadh nam feadhnaich a bha 'ga ghabhail? An d'fheòruich thu ciamar a thainig iad féin a stigh? Cha robh 'san tìr uile feadhain bu tìthicé air sgìreachd fhaotainn o *phatrons* na a' cheart fheadhain. Tha cuid de na triallaichean sin a tha 'siubhal na dùthcha, a fhuair trì agus a ceithir sgìreachdan 'san dòigh so; agus cha chuala mi riamh a h-aon diubh a thainig o àite far an robh beathachadh mòr, gu beathachadh beag. Tha cnid diubh, a dh'fheudainn ainmeachadh, a fhuair a stigh thar amhieannan nan daoine, agus cuid diubh nach faigheadh àite gu bràth mur bhith gu'n d'fhuair iad sgìreachd o *phatrons*—daoine tioram, mabach, bòchd.

M. Sgoile.—Ach nach cliùiteach an nì dhoibh, an deigh dhoibh fliosrachadh gu robh sin 'na dhòigh pheacach, a bhi nis a' dol a mach?

Foirbh.—Chì sinn, mar thubhairt an dall. 'S aithne dhòmhσa iomadh coimhlbional a bhios glé thoileach ma theid iad a mach; oir cha d'fhuair iad riamh failt a' phobuill an àm teachd a stigh. Bha cuid dhiubh so a chuireadh a stigh a dh'aindeoin air an sgìreachd, a clionn nach robh Gàelig choimhlionta aca. Bha iad o chionn ghoirid a mach air sgriobh air feadh na dùthcha (oir gheibh-ealr na seòid so anns na li-uile àit' achi 'nan eaglaisean féin), agus có b'airde cainnt na iadsan!—a' smàdhadh dhaoine còire, sàmhach, diadhaidh, a tha gu dileas a' deanamh an dleasannais mar mhiniesteirean an t-Soisgeil; air an gràdhachadh le'n cnid daoine, gus an deach na triallaichean so 'nam measg a dhùsgadh eas-aontachd agus aimhreit, gnn suim do na böidean sóluimte cudthromach a ghabh iad a leithid sin do ghiùlan a sheachinadh.

M. Sgoile.—Ud, ud! a charaid, am bheil thu 'cur mionnan eithich as an leth?

Foirbh.—Tha, gun amharus, ge truagh ri ràdh e. Bhòid iad laghannan na li-Eaglais a sheasaing, mar tha i air a stéidhleachadh leis an lagh; agus tha'n giùlan so tha iadsan a' leantuitìn co calg-dhireach an aghaidh laghanna na li-Eaglais ri aon nì a b'urrainn

dóibh a dheanamh; oir, gun chead ministeoir na sgìreacdh, tha an lagh a bhòidich iad a sheasamh a' toisrmeasg dhoibh am beul fhosgladh am measg an t-sluaign a tha air an càramh fodhpà. Bhòidich iad, mar an ceudna, aonachd na h-Eaglais a chur air aghaidh, a sith agus a réit a chur air aghaidh, agus na h-uile dìchioll tha 'nan comas a chleachadh chum a cumail suas. A nis, so cuid do-nà bòidean a ghabh iad an làthair Dhia agus dhaoine, an uair a chuir a' chléir an làmhan air an cinn, 's iad air an glùinibh; ach, gu tur-shuarach mu na bòidean so, tha iad a' dol a mach gu dàna, dalma, a dheanamh a' cheart nì a bhòidich iad a sheachnadhl, a' dùsgadh easaontachd agus aimhreit; a' glaoigh air an t-sluagh Eaglais an athraichean fhàgail, 'unair theid iad fèin a mach; agus a' càineadh gach aon nach dean mar a ni iadsan mar nàmhaidhean Chriosd. Sìn agad an cogadh a tha iadsan a' cur air aghaidh; agus, le cainnt thoibheumaich, tha do dhànadas aca ràdh gu bheil iad a' cur cath an Tighearna. Ciod tha'n so, mata, ach briseadh bhòidean? Thigeadh iad gu duincil a mach as an Eaglais, agus deanadh iad an sin mar a thogras iad; ach fhad's a tha iad an taobh a stigh dhi, ag itheadh a cuid arain, agus a' sealbhachadh a sochairean, agus 'ua dhéigh sin uile a' deanamh an dìchill gus a leagail; 's giùlau e co cealgach, fhealltach, bhrathach, 's a tha e comasach do dhuine a leantuinn.

M. Sgoile.—Am b'áill leat fèin, a nis, na daoine maithe sin a dhol a mach as an Eaglais?

Foirbh.—Tha daoine maith, gun teagamh, 'nam measg—daoine diadhaidh, dileas, agus sàmbach; agus bu ghoirt le m' chridhe cuid diubh fhaicinn a' fágail na h-Eaglais: ach tha iad air an àm a' leantuinn teine-sionnchain a mbeallas iad, mur tig ni-eigin mu'n cuairt chum a bhacadh. Ach tha feadhain eile, cinn-stuic na h-iorgnúill uile, agus tha dòchas agam gu'n téid iadsan a mach; oir gus an téid, cha bhi sìth gu bràth anns an Eaglais.

M. Sgoile.—Theid iad uile mach, a h-uile aon a chuir a làmh ris a' phàipeir. Fàgaidh iad an Eaglais anns a' bheil sochairean a' phobuill air an saltairt fò chasaibh cuirtibh an lagha, agus, an lorg sin, nach airidh air ainnm Eaglais Chriosdail. Bu mhiann leatsa a fágail mar a tha i; agus, 'unair tha gach nì eile 'dol air an aghaidh, ise 'dh'fhuireach mar a bha i o cheann cheud bliadhna.

Foirbh.—Cha'n e sin idir mo bheachd. Bu mhiann leam i 'dhol air a h-aghaidh gu buadhdmhor; gach mearachd a ghabhas leasachadh a thoirt as a rathad; gach cuid a' páirt do'n acfúinn a tha air aimhreit a chàramh; tàirngean ùra 'chur an aite feadhain a tha meirgeach; taobhain ùr a chur 'san aitreabh, an àite na feadhnaich tha mosgain; ach cha mhiann leam an aitreabh uile a blristeadh, agus a leagail gu làr. Ath-ùraicheamaid i, ath-leasaicheamaid i; rachamaid air ar n-aghaidh gu laghail, ciallach, anns gach riaghait a dheanamh, a chum maith agus feumalachd na h-Eaglais a bhuidhachadh. 'Se Lagh an Toirmeisg (*Veto Law*) a thug an t-olc so uile mu'n cuairt.

M. Sgoile.—Ach nach aidich thu gu'n robh an lagh sin maith, agus do réir focal Dhé?

Foirbh.—Cha'n fhàic mi féin mòran barantais air a shou ann aon focal Dhé, a róir do bharail fèin dhe'n fhocal sin; oir cha'n 'eil guth aig neach air bith anns a' chùis ach ceannardan teaghlach a tha 'gabail comanaich. Cha'n 'eil diog aig duine òg ri ràdh, no sgalag, no seirbhiseach air bith eile; bean no nighean; biadh iad cho

tuigseach, dhiadhaidh, 's a thiogras iad. Tha cuid do sgireachdan sa' Ghàidhealtachd far a' bheil ceithir no còig do mhiltean sluaigh, agus gun leth-dusan 'nam measg uile gu léir aig am bi guth ann an cumail a mach ministeir, a réir na riaghaitt ùir so air am bheil sin a' labhairt. Ach cha'n i 'cheisd an robh no nach robh e maith, ach an robh e 'nan comas a dheanamh? Cha'n 'eil teagamh idir agam nach h-e maith na h-Eaglais a bha 'nam beachid; ach an robh comas aca, mar eaglais shuidhichte, a dheanamh gun chead iarraidh o na cumhachdan sin a shuidhich i? An robh e a réir a' chùmlinanta bha eadar i fein agus an rioghachd?

M. Sgoile.—Shaoil iad gu'n robh. Chuir iad an comhairle ris an luchd-lagha a b'airde 'san dùthaich, agus b'i barail na feedhnach sin gu'n robh an comas aca; agus an lorg na comhairle 'fhuair iad, chaidh iad air an aghaidh, agus rinn iad an lagh; agus, mar sin, cha'n fheudar a bhi 'eur iomchoir orra.

Foirbh.—Ach nach d'innis feedhain eile dhoibh nach robh e 'nan comas; nach b'urrainn doibh lagh a dheanamh dheth gun chead na Pàrlamaid? Nach do ghabh dlùth air dara leth na h-Eaglais protest, agus nach do thog iad fianuis 'nan aghaidh? Ach cha do chuir sin grabadh orra: chaidh iad air an aghaidh gu diorrasach, agus shocruich iad e mar lagh-eaglais, agus a' toirt air a' chléir a bha 'na aghaidh, a dheòin no dh'aindeoin, géilleachdann da. A chum onoir na feedhnach so, biodh e air a ràdh gu'n do ghéill iad da, agus gu'n d'oibrich iad an lagh sin cho togarach riùsan a thug a stigh e, gus an d'thàinig binn a mach 'na aghaidh, agus an d'fhuaras mi-laghail e leis na cùirtean sin aig an roih comas so a dheanamh.

M. Sgoile.—Sin thu! Cha'n fheàrr thusa na càch; a' cur lagh aimsireil na dùthecha osceann lagh spioradail na h-Eaglais; a' deanamh rìghrean an t-saoghal-sa 'nan uachdarain air tigh Chriosd; a' spionadh a' choroin o cheann Chriosd, agus 'ga chur air ceann Chésair. Bhristeadh, mar so, air dlighe stéidhichte na h-Eaglais—no, mar their sinn sa' Bheurla, *constitution* na h-Eaglais; agus, 'na lorg sin, cha'n 'eil e 'na comas, o so suas, a dleasnas a chur gu daingionn an gnìomh.

Foirbh.—Nam bitheadh an deicheamh cuiid do na tha thusa 'g ràdhainn fior, cha'n fhuirghinn latha ni's fhaide innt. Innis dhomh c'ait a' bheil dlighe-stéidhich na h-Eaglais, agus gach lagh eile tha 'ga riaghladh, r'a fhaotainn ach anns na h-achdaibh Pàrlamaid sin leis an deachaidh an Eaglais a chur anns a' chor anns a' bheil i nis air a suidheachadh? Feudar a ràdh gur e an t-achd a rinn a' Phàrlamaid sa' bhliadhna 1592 a stéidhich Eaglais na h-Alba. 'Se 'n t-achd sin, mar a theirear sa' Bheurla, *charter* na h-Eaglais. Tha aimheil a' chreidimh air a ghabhail ris, agus air a dhaingneachadh, 'san achd sin. Tha riaghaitt agus dleasannas a cùirtean (Seiseinean, Preisbitirean, Seanaidh, agus Àrd-Chomhairlean) air am mion ainm-eachainn ann fa leth; agus cumhachd na h-Eaglais, a thaobh sinachd-achaidh agus suidheachadh mhinteirean, air an cur a sìos, agus air am mineachadh. Ghabh an Eaglais an t-achd so gu taingeil; agus a nuas o'n latha sin, fad dà cheud gu leth bliadhna, strìochd an Eaglais do na riaghailtean sin; agus thainig na h-uile ministeir a tha no bha innt, o'n bhliadhna 1592 gus 1834, 'nuair a rinneadh riaghaitt an *Veto*, a stigh air an dorus a dh'fhosguil an t-achd sin doibh. Agus fad an dà cheud bliadhna gu leth sin, cha robh comhstiri eadar an Eaglais agus an lagh. Dhion an lagh ise 'na sochairibh mar a gheall e, agus thug ise ùmhlaichd do'n lagh a réir a' chùmhuaonta fo'n robh i air a suidheachadh. Bha réite fathast eatorra, nam biodh an Eaglais

air strìochdad, mar a chomhairlich a ceann-stuic féin, *Dr Chalmers*, dhith, 'nuair a thuig i gu'n deachaidh i am mearachd.

M. Sgoile.—An tugadh tu idir foca! do'n Eaglais ann an réiteachadh nan cùisean sin?

Foirbh.—Tha'n lagh a' toirt dhi na h-uile cumhachd ann an riagh-ladh a gnothuichean spioradail féin; ach far a' bheil achd Pàrlamaid, agus far a' bheil daoine air mhùghadh baralach a thaobh seadh an achd sin, 's iad cùirtean an lagha amhàin is eiginn a' chùis a shoc-ruchadh. 'Sann do chùirtibh-lagha na rioghachd a bhuineas e gach reachd Pàrlamaid a mhineachadh. Ann an Albainn, buinidh so do àrd-chùirt an t-Seisein. 'Nuair a dh'aontaich an Eaglais a bhi air a suidheachadh fo achdan àraigheadh Pàrlamaid, bha fios aice gur h-ann do chùirtibh an lagha a bhuineadh e na h-achdan sin a mhineachadh. An uair a ghabh i ris na sochairibh a rinn an lagh a bhuleachadh oirre, bha e mar fhiachaibh oirre, 'san àm cheudna, strìochdad do'n chùmhnaidh fo'n do cheangail an lagh i.

M. Sgoile.—Innis dhombh, mata, ann ad dhòigh féin, nàdur a' chùmhnaidh sin.

Foirbh.—Feuchaidh mi sin, ann an cainnt fir a bha comasach air a dheanamh. "A réir achd a rinn a' Phàrlamaid sa' bhliadhna 1592, agus achd eile a rinneadh ri linn Banrigh Anna, sa' bbliadhna 1712, an uair a bheir *patron* sam bith taigse pears'-eaglais do sgìreachd, 's a ni e litir-thairgse a nochdadh do'n Phreisbitir, tha e mar fhiachaibh orrasan an sin a *cheasnachadh*; agus ma gheibh iad e làn-oileinichte, is eudar dhoibh a *phòsadh* ris an sgìreachd. Ach tha comas aig a' choimhthlionn casaid no coire sam bith a bhios aca an aghaidh a' *phresentee* a chur mu chomhair na Preisbitir; ach feumaidh iad innse c'arson a tha iad a' faotainn coire dha. Ma chì a' Phreisbitir gu bheil eion-fàth air a' chasad, cha ruig iad a leas, agus cha *choir* dhoibh, am fear-tairgte a phòsadh: ach ma bhios casaid a' phobuill gun deagh aobhar, is còir do'n Phreisbitir am fear-tairgte chur a stigh. Anns a' bhliadhna 1834, rinnu Àrd-Chiomhlthional Eaglais na h-Albann achd ùr a thoirt a mach, air an d'thug iad mar ainm an *Toirmeasg*. 'Se so suim an achd sin, mar dh'innis sinn a cheana. Ma thairgear pears'-eaglais do sgìreachd air bith, agus gum bi a' chuid is mò do chinn-teaghlaichean na sgìreachd 'na aghaidh, gun fhiach a' chur a stigh. Cha'n fheud a' Phreisbitir am fear sin a ghabhail air deuchainn, no a shuidheachadh 'san sgìreachd sin. Cha b'fhada 'n déigh so gus an deachaidh deuchainn a chur air an achd ud air beulaobh Cùirt an t-Seisein, an robh no nach robh e laghail. Fhuaras leis a' chùirt sin gu'n robh e mi-laghail; gum b'èiginn do'n chléir am fear a thairgeadh dhoibh leis a' *phatron* a ghabhail air deuchainn; iad 'ga cheasnachadh gu cùl a dhroma; 's ma bha a bheag r'a ràdh 'na aghaidh, iad 'ga rannsachadh mar thogradh iad: ach gu'n robh mar fhiachaibh orra so a dheanamh, leis a' cheart lagh a stéidhich iad mar eaglais. An aghaidh na breith so, thogh Àrd-Chomhairle na h-Eaglais a' chùis do Lunnuinn, air beulaobh nan Ard-Mhorairean; a' cumail a mach gu'n robh a' bhreith mearachdach, agus nach robh còir aig Cùirt an t-Seisein gnothuch idir a ghabhail ri leithid do chùis. Lorgaich na h-Ard-Mhorairean gach ceum a shiubhail Cùirt an t-Seisein mu'n ghnothuch; agus dlearbh iad gu'n robh a' bhreth a thug i làn chothromach, agus gu'n robh còir aice air breth a thabhairt mu leithid sin do chùis. Chaidh e, mar so, a chur an céill le àrd-chùirtean na rioghachd gu'n robh an Toirmeasg mi-laghail, agus gu'n d'rinn e bristeadh air dlighe stéidhich Eaglais na h-Alba, agus gum bu cheannaire do'n Eaglais seasamh 'na

aghaidh. Ach, gu truagh, chuir an Eaglais roimpe gun fheart a thabhairt air breith nan cùirtean, agus eas-ùmhlachd a thabhairt gu h-aon-sgeulach do'n lagh. 'Sann as a so a dh'éisich a' chomhstòri ann an *Auchterarder*, agus ann am Preisibitir Shrath-bhalaich, agus gach caindeal 'us drisleach eile anns a' bheil an Eaglais a nis air a càramh.

M. Sgoile.—Agus am bheil thu féin ag ràdh gu'n robh e ceart ann an cùirtean an lagha iarraidh air an Eaglais ministeirean a chur a stigh, sùil mu'n t-sròin, air an t-sluagh anns na sgìreachdan sin, agus càin throm a chur air a' chléir choinnseasaich a dhiúlt so a dheanamh?

Foirbh.—Sin agad a nis mar shiùbhlas a' blreug o bheul gu beul. Cha dubhairt cùirtean an lagha riamh fathasd ri cléir na h-Albann, gum b'èigin doibh, a dheoin no dh'aindeoin, aona mhinisteir a bhiodh air a thaigse do sgìreachd le *patron* a chur a stigh thairis air an t-sluagh. Cha'n eil firinn 'na leithid sin do chainnt.

M. Sgoile.—Breug! Chuala mi iadsan nach 'eil comasach air nì ceàrr no mearachdach a ràdb, ag ràdh so, le m' chluais féin, uair agus uair; agus leugh mi e cuideachd.

Foirbh.—Tha mi ceart shuarach eó thubhairt no sgriobh e, cha'n 'eil e fior.

Gobh.—Matà, 's duilich do dhuine bochd aineolach fios a bhi aige ciod a chreideas e; 's duilich dha a' chùis a thuiginn idir; ged tha mi ag aideachadh gu'n d'thug thu féin, 'Fhoirbhich, mòran soilleireachaидh dhomh an diugh sa' chùis, nam b'urrainn domh a chuimhneachadh.

Foirbh.—Chum cuideachadh leat a chuimhneacbadh, feuchaidh mi nis brigh na cùise 'chur ann an cainnt aithghearr agus shoilleir. Thainig an Eaglais a dh'ionnsuidh na Pàrlamaid, agus thubhairt i riutba, "Suidhichibh sinne mar eglais stéidhichean ann an Albainn: thugaibh dhuinn beathachadh, agus tighean, agus glibichean; agus teagaisgidh sinne puinc a' chreidimh Chriosduidh do'n t-sluagh." "Ciòd iad na puinc chreidimh a theagaisgeas sibh dhoibh?" ars' a' Phàrlamaid. "Thà, an aidmheil chreidimh a tharruing sinne a mach, agus a chuir sinn mu'r coinneamh o chionn gloirid." "Tha sinn làn toilichte leis an aidmheil sin," ars' a' Phàrlamaid; "teagaisgidh an sluagh do réir sin, agus builichidh sinne oirbh na sochairean tha dhith oirbh. Ach ciamar," ars' iadsan, "a thaghас sibh na ministeirean?" "Bu mhiann leinn leigeil leis an t-sluagh an taghadh," ars' an Eaglais. "Cha'n fheud sin a bhi," ars' an Staid. "Amhairceadh sibhse as déagh am fòghluim mar thogras sibh, ceasnaichibh iad, agus mar chì sibh ionchuidh thugaibh comas searmonachaïdh dhoibh 'nur dòigh féin: sin agaibh 'ur dleasnas, agus cha'n 'eil cumhachd 'san tir is urrainn grabadh a chur oirbh; ach's éiginn gum bi taghadh a' mhinisteir acasan air a' bheil uallach nan eglaisean, beathachadh, agus tighean, agus glibeachan na cléire. Dhubhse buinidh e comas searmonachaïdh a thoirt doibh; ach dhoibhsan a tha 'gan cumail a suas bithidh comas an taghadh." "Ach," ars' an Eaglais, "am bheil sochair sam bith air a thoirt do mhuinntir na sgìreachd?" "Tha," ars' an Staid; "tha comas aca na h-uile nì chual' iad no chì iad, a smuainticheas iad a bhi an aghaidh an fhìr a thairgear dhoibh, a chàramh mu choinneamh na cléire, agus thugadh iadsan breith anns a' chùis; agus mur còird so ris an t-sluagh, an searmonaiche a thairgear dhoibh, faigheadh iad ministeirean, agus togadh iad eglaisean dhoibh féin." "Is bargan e," ars' an Eaglais. "Mar sin bitheadh e," ars' an Staid; "tairng-eamaid a mach an cùmhant." Rinneadh so le achd Pàrlamaid, a sheas a nis còrr agus dà cheud gu leth bliadhna; ach, o chionn naoi bliadhna, smuaintich an Eaglais an cùmhant so a bhriseadh.

Tamull beag 'na dhéigh sin, fhuair gille òg *presentation*; agus thainig e dh'ionnsuidh na cléire, agus thubhairt e riutha, "Ceasuaichibh mise, a dh'fheuchainn a' bheil mi iomchuidh airson na sgìreachd so 'fhuair mi, mar tha an lagh ag iarraidh oirbh a dheanamh." "Ud, ud l a ghille," ars' a' chléir, "tha'n lagh sin seachad: air falbh leat, agus feuch ciod è barail an t-sluagh mu d' dhéidhinn." "Cha'n e sin an lagh," ars' esan. "Uisd," ars' iadsan, "cùm do theanga; dean mar dh'iarrar ort, ar neo dùinidh sinne do ghob nach searmonaich thu 'n dà latha-sa." Dh'fhalbh e, agus shearmonaich e 'san sgìreachd; ach bha fear-eiginn eile aig an t-sluagh 'nam beachd, agus thubhairt iadsan ris, "Air falbh leat!" "Carson?" ars esan. "Ciòd e sin duitse?" ars' iadsan. "Is bochd," ars' esan, "mur h-innsear dhomh c'arson: cha dhítear am mortair fèin guu innseadh c'arson." "Uisd!" ars' iadsan; "air falbh leat, òlaich!" Thug e 'n sin a' chléir air a rithist, agus dh'innis e mar a bha 'chùis. "Ciòd," ars' iadsan, "a thubhairt na daoine riut?" "Cha d'thuirt iad olc no maith riomsa, ach dh'iarr iad orm a bhi falbh; ach dhiùlt mi, ag ràdh c'arson." "Mar sin bitheadh e," ars' a' chléir; "air falbh leat, agus cuir do phresentation ann ad phòcaid." "Cha'n 'eil comas air," ars' an gille; "ach gu fìrinneach ar leam nach d'fhuair mi ceartas." Chaidh e 'n sin agus dh'innis e do'n *patron* mar thachair—gu'n do dhìult a' chléir ceisd a chur air, no a ghabhail air deuchainn, mar tha'n lagh ag àithneadh. "Cha leigear so leò," ars' am *patron*; "is éiginn gn'n ceasnach iad thu; agus ma tha 'bheag aig an t-sluagh ri ràdh a'd' aghaidh, is éiginn gu'u innis iad e. Mur seas thu gach ceasnachadh, ni iad ort diùbhail air a shon; ach, a dh'aindeoin an srònáibh, bheir mi orra t'fheuchainn." Chaidh e mu choinneamh na cléire, agus dh'innis e so dhoibh. "Tha thu dalma, a bhalaich," ars' iadsan: "cha mhò oirnn do *patron* agus an lagh na buinneag chàil." "Cha'n 'eil comas air," ars' esan; "ach chìtheart ciod a their an lagh." "Ma bheir thu sinne gu lagh," ars' iadsan, "brisidh sinn thu." "Is bochd an gnothuch sin ann an dùthach shaor, cead a dhìultadh do neach air bith ceartas iarraidh, 'nuair tha e smuainteachadh gu bheil eucoir 'ga dheanamh air." Le so a ràdh, dh'fhalbh e. Thugadh a' chùis mu choinneamh Breitheamhna na tire. Fhuaras leis an lagh gu robh am *patron* agus an t-òganach ceart, agus a' chléir am mearachd. "An e sin e?" ars' a' chléir: "ruigidh sinne cùirt is àird;" agus le so thug iad Lunnuinn orra. Leig iad a' chùis mu choinneamh an luchd-lagha is ainmeile air aghaidh an t-saoghal, morairean àrda Shasunn. Chaidh a' chùis a rithist an aghaidh na cléire, le cosdas mòr. "An ceasnaich sibh a nis mi?" ars' an gille. "Cha chuir sinn a stigh gu dilinn thu," ars' iadsan, "an aghaidh ar coguis." "Cha'n 'eil mise 'g iarraidh oirbh mo chur a stigh," ars' esan; "tha fios again nach 'eil cumhachd air aghaidh an t-saoghal is urrainn a thoirt oirbh sin a dheanamh: ach bheir mi oirbh mo cheasnachadh agus m'fheuchainn; agus mur a dean sibh sin, gn deimhin diolaidh sibh air a shon."—Sin agad direach smior na cùis uile; agus a mach á so thainig gach aim-lisg a tha nis a' riasladh as a chéile na h-Eaglais agus na dùthcha. Dhiùlt cléir *Auchterarder* géilleachdann do'n lagh, agus dhiòl iad gu trom air a shon. Air an làimh eile, strichead cléir Shrathbhàlgie, agus bhris an Eaglais iad airson ùnhláichd a thoirt do lagh na rioghachd.

Gobh.—Matà, air m' fhocal, 's maith a réitich thu a' chùis. Shaoil leam fèin gum b'e brìgh na conuspoid uile, có aige, á so a mach, a bhiodh taghadh nam ministeirean—aig na *patrons* mhòra, no aig an t-sluagh.

Foirbh.—Cha'n iongantach idir leam thu 'ga smuainteachadh sin, oir 'se sin an dòigh a tha iad a' gabhail air daoine 'dhalladh; ach 'nuair a bha a' cho'-ghairm mhòr an là-roimhid an Duneudainn, agus a tharruing iad a mach gach aobhar-ghearin a bli'aca, cha d'thuirt iad uiread agus diog an aghaidh *patronage*; agus cha mhòr, anns gach achuinge a chuireadh suas gu Pàrlamaid, a dh'iarr iad gum bitheadh e air a chur a leth-taobh. 'Se an nì a dh'iarr iad, gum biodh iad féin air an cur os-ceann gach lagha, a thaobl gach cùis a theireadh iadsan a bha spioradail.

Gobh.—Na seòid! 'S fhada o na chuala mi "saunt na cléire;" ach, a dh'innse na firinn, 'se'n nì 's cruadalaiche leam féin auns a' chùis uile gu léir, mar tha cùirtean an lagha a' tighinn eadar a' chléir agus an dleasnas a dleanamh a thaobl smachd na h-Eaglais. Tha iad ag ràdh riomsa nach urrainn an Eaglais a nis ministeir a bhristeadh airson misg no mèirle, no airson mi-ghnàthachadh air bith eile; nach 'eil aige ach litir-ghrabaidh fhaotuinn o Chùirt an t-Seisein, sin a chrathadh mu'n sròn, 's an cur gu dùlan.

Foirbh.—Air t'athais. Bu ghnothuch bochd sin da rìribh, nam biodh e fìor; ach cha'n 'eil an sin ach dòigh eile anns a' bheil na trialllaichean briathrach tha 'siubhal na dùthcha a mealladh dhaoine. Inusidh mi dhuit mar tha sin. Tha cùirt lagha air a suidheachadh ann an Duneudainn, ris a' bheil gach cùis a bluineas do Eaglais na h-Alba an earbsa. 'Se 's ainm do'n chùirt so, Cùirt nan Deachamh, airson eaglaisean a thogail, agus sgìreachdan ùr a dleanamh. 'S ann acasan amhàin a tha comas air sgìreachdan a chur air bonn, agus àite 'thabhairt do mhinisterean nan sgìreachdan ùra sin ann an cùirtibh na h-Eaglais. So an dorus air an d'thàinig a h-uile ministeir a stigh a chuireadh ris an Eaglais o'n a b'eaglais i; ach o chionn bheagan bhliadhnaichean, smuaintich cuid do'n chléir gu robh an comas so aca féin; agus, anns a' Bharail sin, rinn iad, le aon sgrìob de phinn an cléirich féin, dà no trì cheudaibh eaglaisean ùra 'dheanamh 'nau eglaisean sgìreachd, agus àite 'thoirt do mhinistereibh nan eglaisean sin 'nan cùirtibh. Thogadh fianuis 'na aghaidh so, no, mar a deirear anns a' Bleurla, *protest* air muin *protest*. Chaidh a' chùis mu choinneamh cùirtibh àrd an lagha, agus fhuaras nach robh comas sam bith aig a' chléir so a dleanamh, no còir air bith acasan a thugadh a stigh air an dòigh mhi-laghail so suidhe no breth a thoirt ann an cùirtean na h-Eaglais. An uair, matà, a tha ministeir air a thoirt mu choinneamh na cléire airson droch gliùilan air bith, gu bhi air fheuchainn leo, fhuair e litir-ghrabaidh 'nan aghaidh, do bhrigh gu robh breitheamhna ri suidhe air a' chùis aig nach robh còir air bith a bhi ann. "Suidheadh sibhse," ars' esan, "agus feuchabhl mi, aig a' bheil còir air a dleanamh; ach cha strìochd mi do bhinn feadhnaich aig nach 'eil." Dìreach mar gum bitheadh tusa air do thabhairt fo choinneamh luchd-ceartais an àite so, agus gu'n robh air na caithrichean maille riu triùir no ceathrar a ghairm iad a stigh o na sràidibh;—thogadh tusa fianuis as an aghaidh, agus theireadh tu riutha, "Tha mi làn-thoilichte strìochdadh do'n luchd-ceartais laghail, ach cha cheaduich mi dhoibhsan aig nach 'eil còir, breith a thoirt orm sa' chùis; agus ged a bheir iad binn 'am aghaidh, cha toir mi buinneag-chàil orra." Ma cluireas iadsan rompa dol air an aghaidh a dh'aindeoin an rabhaidh so, ni thu dìreach mar a rinn na ministeirean sin nach strìochdadh do smachd na cléire. Dh'iarradh tu, agus gheibheadh tu, litir-ghabaidh o Chùirt an t-Seisein; agus bliodh tu taingeil gu robh lagh ann a sheasadhl do chòraichean, a dh'aindeoin có theireadh e.

Gobh.—'Sann a cheann gu bheil cùirtean na h-Eaglais air an cur am mearachd, le ministeirean a bhi 'nam measg nach hu chòir a bhi ann, tha e a' tachairt gu bheil Cùirt an t-Seisein a' tighinn eadar iad agus smachd na h-Eaglais a chumail suas.

Foirbh.—'S ann direach mar tha thu ag ràdh; agus is nàr, peacach an nì do dhaoine 'bhi 'g ràdh gu bheil an lagh a' dion droch mhini-steirean o smachd na h-Eaglaise, 'nuair nach 'eil e ach 'gan dlon o bhi air am feuchainn le breitheamhna mi-laghail. An cualas riamh gu'n do chuir cùirtean an lagha grabadh air an Eaglais ann an deanamh gach dleasnas spioradail a thogradh i, a thaoblh ministeirean fheuch-áinn, agus am bristeadh, gus o chionn bheagan bhliadhnaichean, 'nuair a dh'atharraich i féin a lagh gun chead iarraidh no fhaotainn? An d'fheuchadh grabadh a chur oirre 'nuair a bhrist i an duine diadhaidh sin, Maighstir Iain Caimbeul, ministeir an Rugha, agus triùir no ceathrar eile 'chuireadh a mach 'san àm sin maille ris? Cha do chuir: cha d'iarr iad litir-ghrabaidh; agus ged a dh'iarradh, cha'n fhaigheadh iad e; oir cha do shuidh duine air bith mar bhreitheamh orra ach iadsan aig an robh coimas laghail a bhi ann. Agus thoir so leat mar an ceudna, gu robh ministeir àraidi, ann an siorramachd Earraghàidheal, a chaidh fheuchainn anns a' bhliadhna 'chaidh seachad airson misg. Fhuair a' *Phresbytery* ciontach e, agus bhris iad e. Chaidh e ionnsuidh Cùirt an t-Seisein, a dh'fheuchainn am faigheadh e dol as o'n bhinn so; ach cha d'fhuair. Agus c'arson? A chionn nach no shuidh a h-aon do na ministeirean ùra mi-laghail sin sa' chùirt.—Cha'n 'eil aig an Eaglais ach iadsan a thug i a stigh gu mi-laghail a chur a mach (agus mur dean i féin e, nithear air a son e), agus an sin cumaidh i a smachd a suas gu neo-eisimealach; oir cha'n 'eil cùirt 'san rioghachd is urrainn a ràdh gur h-olc. An àite bhi 'cà'neadh an lagha, agus cùirtean an lagha, bu chòir dhuinn a bhi taingeil gu bheil an leithidean ann. 'S ann fo'm fasgadh tha'm bochd 's am beartach 'nan suidhe tèaruinte ann an seilbh gach sochair a th'aca 'san t-saoghal; agus ma's e 's gu'n tig an t-àm anns am feud tighearn uaibhreach, no cléir glòir-mhiannach, breith nan àrd-chùirtean sin a shaltairt fo'n casaibh, 'se sin an latha dubh do Albuinn. An sin, cha bhi teasraiginn ni's faide againn a thaobh ar beatha, ar maoin, ar saorsainn mar dhaoinibh agus mar chriosduidhean.

M. Sgoile.—Ach nach aidich thu féin gur mi-ionchuidh an nì do chùirtean-lagha aimsireil ni air bith 'bhi aca r'a dheanamh ri nithe spioradail de shedrsa air bith?

Foirbh.—Ciod an nì is spioradaile na searmonachadh an t-soisgeil? Ach nach 'eil fios agad gur e dleasnas na Staide, arneo dleasnas nam feadhnaich ris an d'earbadh an lagh a chur an gnìomh, fhaicinn gu bheil cléir Eaglais shuidhichte na h-Alba a' searmonachadh na firinn, mar tha an flìrinne air a cur sioś againn ann an leabhar-aidmheil na h-Eaglaise féin; agus tha mar fhiachaibh air an lagh fhaicinn nach téid iad a nùll no nall o na teagaisgibh sin.

M. Sgoile.—Có thug an comas sin doibh? Am faodar a ràdh gu bheil saorsa spioradail aig an Eaglais fhad 's a tha'n comas sin aca?

Foirbh.—Tha an comas sin aca, 's air a thoirt doibh 'san aidmheil chreidimh sin ris na chuir an Eaglais a làmh, agus leis na cho-aontaich i; agus cha'n 'eil ministeir 'san Eaglais nach do bhòid gum b'i an aidmheil sin 'aidmheil-san; agus ma tha aon neach dhiubh a' diùltadh a' chomais sin do'n Staid, no do luchd-riaghlaidh na dùthcha, tha iad a' dol an aghaidh na h-aidmheil ris an do chuir iad an làmh, agus a bhòidich iad a sheasamh.

M. Sgoile.—Tha sin 'na cainnt làdir; ach faiceamaid ciod tha Aidmheil-Creidimh na h-Eaglais ag ràdh do thaobh so. Ma tha an aidmheil sin a toirt a' chomais sìni doibh, agus ma tha an Eaglais an déigh gabhairis, agus an déigh a bhi air a suidheachadh air a' bhunchar tha an sin air a chur sios,—gun teagamh air bith, cha'n eil e ceart no dligheach dhi a nis cur na aghaidh, no an t-ùmbhlachd fo'n d'thàinig i a nis a dhìultadh.

Foirbh.—Sin agad, matà, na tha i a' deanamh. Leugh thusa 'n XXIII. Caib. de'n aidmheil sin, agus chì thu gu bheil làn-chomas aig an lagh gach nì a dheanamh a rinn iad. Tha Leabhar-Aidmheil na h-Eaglais ag ràdh :—“ Cha'n fheud cumhachd aimsireil, uachdarain shaoghalta. ('se sin, mar deirear sa' Bheurla, *civil magistrate*), a ghabhail air fèin frithealadh an fhocail agus nan sàccramaid, no cumhachd iuchraichean rioghachd nèimh; ach tha ùghdasas aige, agus 'se a dliasdanas fhaicinn agus a thoirt fainear, gum bi *aonachd* agus *sith* air an gleidheadh 'sai Eaglais—gum bi firinn Dhé air a ghleidheadh neo-thruailte agus coimhliont—agus gum bi gach toibheum agus saobh-chreidimh, no mearachd, air a chumail fodha—gach uile aingidheachd agus mi-ghnàthachadh ann an aoradh, agus ann an smachd na h-Eaglais, air a bhacail agus air ath-leasachadh—agus uile òrduigh-ean Dhé air an suidheachadh, air an cumail suas, agus air an cleachadh: agus chum so a dheanamh gu ceart, tha cumhachd aige seanadh-cléire (*synod*) a ghairm, a bhi làthair anns an t-Seanadh, agus aire 'ghabhlail gum bi na h-uile nì air a dheanamh intte do réir inntinn Dhé.”—Sin agad briathran Aidmheil a' Chreidimh, a bhòid gach ministeir a sheasamh; agus tha e air a ràdh 'na dhéigh sin: “ Se dliasdanas an t-sluagh ùmbhlachd a thabhairt do iarratais laghail an uachdarain shaoghalta—'se sin, na breitheamhna laghail tha os an ceann. Agus cha shaor eadar-dhealachadh haraile, ann an nithibh a bhuineas do chreidimh, neach air bith o'n ùglidaras laghail so; ni mò 'bheil saorsa aig pears'-eaglais air bith uaithe.” Chì thu uaithe so, matà, cia dhiùbh tha no nach 'eil cumhachd aig riaghlairean saoghalta.

M. Sgoile.—Tha sin, gun teagamh, a' toirt comas mòr dhoibh.

Foirbh.—Tha; 's ma's urrainn thusa a mhìneachadh dhòmhsha ciamar tha iadsan a chur an làmh ris a sin—a bhòidich gum b'i an aidmheil i—a nis a' breabadh 'na aghaidh—a' caineadh nan uachdaran laghail airson a bhi 'deanamh an dliasannais,—bithidh tu a'd' dhuine tapaidh. Cha d'rinn iad fathast aon nì is urrainnear ainmeachadh taobh a mach do'n chumhachd a thugadh dhoibh leis an Eaglais fèin.

M. Sgoile.—Nach 'eil iad a' tighinn eadar a' chléir agus baisteadh, no comhara-comanaich a thoirt do dhuine ach mar chì iadsan ceart?—'se sin ri ràdh, nach feud duine air bith 'tha ministeir a' cumail air ais o na h-òrduighibh litir-ghrabaidh fhaotainn o Chùirt an t-Seisein, agus a thoirt air, olc air mhaith, baisteadh no comanach a thoirt da?

Foirbh.—Có thubhaint sin riut?

M. Sgoile.—Chualà mi e uair a's uair.

Foirbh.—An ath uair a chluinneas tu e, abair ris-san no riùsan a deir e, nach 'eil ann ach an *dubh bhreug*, agus a h-aon do na dòighean air a' bheil iad a' mealladh dhaoine. O chionn mhìos, chaidh duin' àraidh mu choinneamh aon do na morairean-dearga, agus rinn e gearan gu'n robh am ministeir fo'n robh e a' suidhe, 'ga chàineadh agus 'ga smàdadh as a' chùbaid, gus na thog e tuaileas 'na aghaidh—mhìll e a dheagh ainn 'san àite—agus, a thuilleadh air so, dhiùlt e baisteadh d'a leanabh, agus comhara-comaniach dha fèin; agus dh'iarr e

gu'n tugadh na morairean-dearga ceartas da. Nis, ciod a' bhinn a thug an lagh anns a' chùis so?

M. Sgoile.—Cha chuala mi: innis e.

Foirbh.—Thubhaint an t-Àrd-Bhreitheamh,—“ Cha leig sinn le ministeur no fear eile do chàineadh, tuaileas a thogail a'd' aghaidh, no do dheagh ainm's do chreideas a mhilleadh. 'S urrainn duinn do dhion o leithid sin do ghiùlan, agus a thoirt air diol airson na h-eucuir a rinn e air do chothrom saoghalta. Ach a thaobh baistidh agus comanaich, cha'n urrainn sinn air dhòigh air bith tighinn eadar thu 's do mhiniesteir agus an Seisein : 's gnothuch spioradail sin gu tur; agus 's éigin duit, mur faigh thu ceartas 'san t-Seisein, dol do chùirt-ean eile na h-Eaglaise ; ach cha'n urrainn duinne focal a ràdh sa' chùis.” Sin a' bhinn a thug iad, agus nach robh i ceart?

M. Sgoile.—Gun teagamh, bha; agus tha e 'na dheagh mhìneachadh air a' chùis.

Foirbh.—Creid thusa mise, 'charaid, cha'n 'eil anns an t-saorsa spioradail air a' bheil mòran a nis a' labhairt, agus ag iarraidh fhaotainn do'n Eaglais, ach cead i 'dheanamh mar is àill leatha féin, no mar is àill le seòrsa de dhaoine uaibhreach, féin-ghlòrmhor, tha a' riagh-ladh na cùise ann an Duneudainn, agus a tha 'toirt air càch an lean-tuinn mar thogras iad. Cha'n fhaigh i gu dilinn an cead so. Nam faigheadh, ciod a bhacadh i o shochairean a' phobuill a shaltairt fo 'casan, mar a ta i a' saltairt air gach binn a thugadh o chionn ghoirid a mach 'na h-aghaidh. 'Se a' cheart chomas a bha aig Eaglais na Ròimhe, 'deanamh mar a b' àill leatha féin, a thug a stigh gach mearachd tha intte; agus 'sann fo ainn saorsa spioradail (*spiritual independence*) a thug i am fion o'n luchd-comanaich—a thaing i gach ùrnuigh ann an Laidinn—a thoirmisg i focal Dhé—agus a thoirmisg i do dhaoine barail air bith a bhi aca féin ann an nithibh spioradail, ach mar a cheadaicheadh ise dhoibh. Fo ainm saorsa spioradail, agus i 'bhi os-ceann gach lagh ach a lagh féin, thainig gach truailleachd a stigh; agus 'se an aon nàdur tha fathast aig mac an duine; agus tha dòchas againn, agus tha sinu làn-chinnteach, nach tig an latha anns am faigh na daoine sin an dòigh féin, a tha 'g iarraidh cumhachd nach robh riamh aig Eaglais gun droch fheum a dheanamh dheth. Aon uair 's gu bheil an Eaglais ceangalit ris an Staid fo chòmhnuant, 's éigin di an cùmhnuant sin a sheasamh; agus cha'n 'eil ach amaideachd dhi a bhi 'labhairt mu làn-shaorsa a toil féin a dheanamh nis faide, ni's mò na dh'fheudas bean a tha pòsda bhi 'labhairt mu a toil féin a dheanamh anns gach nì, mar nach biodh i fo chòmhnuant-pòsadh idir. Tilgeadh an Eaglais dhith an lagh a tha 'ga ceangal, agus gach sochair a tha aice 'na lorg, agus an sin feudaidl i 'bhi cho saor 's a thogras i.

M. Sgoile.—Cha chreid mi nach deanadh tusa 's do sheòrsa nì air bith a dh'iarradh cuhnachdan an t-saoghal-s' ort; seadh, ged a robh e 'n aghaidh focal Dhé.

Foirbh.—Uist! na labhair mar sin riomsa! Tha dòchas agam nach 'eil neach 'san Eaglais, no ann an co-chomunn maille rithe, nach fuilingeadh geur-leanmhuiunn, agus bochduinn, agus gach olc, mu'n strìochdadhl iad a dh'aoua chùirt air thalamh a dh'iarradh orra a bheag a dheanamh an aghaidh focal Dhé.

M. Sgoile.—Agus ciod a dheanadh tu nan iarradh na cùirtean so ort nì air bith a dheanamh mar phears'-eaglais, a bha ann ad bheachd-sa an aghaidh focal Dhé?

Foirbh.—Dh'fhàgainn an Eaglais—chuidh tichinn i gu buileach—

rachainn air m' aghaidh, agus theirinn, "Tba mi air faontainn a mach gu'n d'rinn mi droch bhargan: fàgaidh mi an Eaglais shuidhichte, agus bi'dh mi ann am *Voluntary*; 'se sin, leanaidh mi iadsan nach 'eil fo ghealladh air bith—is urrainn lagh ùr a dheanamh 'nuair is àill leo; oir tha iomadh nì is urrainn eaglais a tha air a làimh féin a dheanamh, nach urrainn eaglais stéidhichte no shuidhichte."

M. Sgoile.—Dearbh sin, ma's urrainn duit.

Foirbh.—Bheil comas aig an Eaglais shuidhichte aona phong do dh'aidhmheil a creidimh atharrachadh? A' bheil comas aice tagbadh nam ministerean a thoirt do chinn theaghlaichean, no do luchd-comanaich? 'Bheil comas aig ministerean an *stipend* a tharruing, agus searmonachadh far an togair iad, no mar a thogras iad? Có ach burraidh a b'urrainn sin a smuainteachadh? 'Se nì tha dhìth orra, am beathachadh agus gach sochair eile bhi aca, agus cead deanamh mar is àill leo.

M. Sgoile.—Ach cha'n 'eil iad a' dol 'ga dheanamh. Tha na daoine maith ri dol a mach: tha iad ri dealachadh ris gach nì tha aca air uachdar an t-saoghal—geur-leanmhuinn a sheasamb, ged a b'ann gu bàs.

Foirbh.—Geur-leanmhuinn! Seadh, seadh! 'S maith tha fios aca gu'n deachaidh làithean na geur-leanmhuinn seachad. Cha chuirear làmh orra. Cha ruig iad a leas dìomhaireachd nam beann iarraidh, agus àite-fasgaidh am measg chreag; feudaidh iad searmonachadh mar rinn iad riamh. Cha chuirear làmh air ròinean 'nan ceann, mur dean iad féin ni-eigin chum corruiich an lagha 'dhubhadh 'nan aghaidh. Có tha 'deanamh geur-leanmhuinn air na *Dissenters*? Cha'n 'eil duine bed; agus bithidh iadsan co saor thèaruinte riùsan, ma bhios iad co ciùin shiobhalta, agus co ùmhail do reachdan na dùthcha. Ach cha'n 'eil dùil agam gu'n téid an cùig ceud a mach fathast.

M. Sgoile.—Gun teagamh air bith, théid. Nach dubhairt iad, nan diùltadh a' Phàrlamaid dhoibh na dh'iarr iad, nach fuirgheadh iad latha na b'fhaide? Cha dhaoine iad a bhriseas am focal.

Foirbh.—Air t'athais a nis. Nach d'innis a' Phàrlamaid dhoibh, cho pongail 's is urrainn cainnt a chur an céill, nach faigh iad na tha iad ag iarraidh, agus nach 'eil maith dhoibh a bhi 'smuaineachadh air? Chual iad so o chionn iomadh là a nis, agus c'arson nach 'eil iad a' dol a mach? Có tha 'gam bachdail? Ciod a bhùrich, 's a' gheleadhraich, 's an odhail a th'air an aire? Nach 'eil an saoghal fada farsuing fo'n ceann? Am bi iad ach mar tha iomad ministeur eile cho maith riùsan? Am bi iad ach mar tha na ministerean Gàidhealach a tha 'sna bailte-mòra, mar a tha Mr Ròse agus Dr Mac-Leòid, a dh'fhàg sgìreachdan, agus a thilg iad féin air càirdeas agus còmhnaidh an t-sluagh. Shaoileadh neach, leis a' ghearan mhòr a tha iad a' deanamh, gu'n robhar brath am feannadh. Ge bu duilich leamsa an ceathramh cuid diubh dhol a mach, b'sheàrr leam gu mòr iad a dh'fhàlbh a dh'aona bheum na bhi 'fuireach mar a tha iad, a' tolladh 's a' hùrachadh fo bhallachan na h-Eaglais, a bhòid iad a sheasamb; agus gu dàna, dalma, ag ràdh, nach 'eil dìchioll is urrainn iad a chleachdadh nach dean iad chum làrach lòm a dheanamh dhi 'nuair dh'fhàgas iad féin i.

M. Sgoile.—Coma ciamar tha sin, tha na daoine maith a' toirt dearbhadh làdir air an tréibhdhireas, a tha air an àm so a' toirt iad féin 's an teaghlaichean gu bochduin.

Foirbh.—Bochduinn! Leig leò. Nach faic thu cho dian 's a tha iad a' cruinneachadh airgid air feadh na dùthcha? Cha'n 'eil iad a'



dol seachad air dorus a' bhothain is isle. Gabhaidh iad an sgillinn ruadh o'n bhantraich; 's an còta-bàn, ma thairgear dhoiħħ e, o'n diol-déirce. 'Se airgiod l airgiod l a nis an glaodh. Tha ciste-mhòr an ionmhais ann an Duneudainn 'ga lìonadh a nis leis a' chis a tha 'chléir so nis a togail; agus as an sporan choitchiont so tha iad ri ceud sa' bhliadhna 'thoirt do gach aon a thig a mach, a bharrachd air dara leth na choisneas e air a làimh fèin. Ach ged tha iad a' togail an airgid so gu furasda air an àm, 's mi tha cinnteach gum bi iad air am mealladh ann an tùine ghoirid. Do na h-uile amaideachd a dh'fheuch daoine riamh, 'si'n t-aon is neònaiche, ann am bharail-sa, a smuainteachadh gu faod na Gàidheil bhochda mòran a thoirt uapa, anns a' chùis so. Ach cha'n e an t-suim uile gu léir a tha iad a' togail air a' bheil mi 'gearan, ach an dòigh a tha iad a' gabhail, agus a' chainnt thoibheumach a tha iad a' cleachdadadh.

M. Sgoile.—Na toir thusa feairt air mòran do na chluinneas tu.

Foirbh.—Cha'n eil mise 'cur as an leith ach na tha fios agam tha ceart. Am feud thu àicheadh nach 'eil ainm àrd an t-Slànuighir aca 'nam beul air gach àm? 'Si an inntinn fèin, ma's flor, 'inntinn-sa; 'se'n iarratas fèin iarratas an Tighearna; agus a h-uile aon aig a' bheil a' mhisneach cur 'nan aghaidh, nach 'eil iad 'gan smàdadh mar nach b'airidh iad a bhi air am faotainn ann an comunn nan Crìosduidhnean? Ciod a' chaint a chleachd cui'd diubh so, bho chionn ghoirid, ann an labhairt ri muinntir Airdghobhar a's Lochabar? "Ròghnaichibh," ars' iadsan, "an diugh, eadar Mac-ic-Édbhain agus Criost!"—agus, ann an àit' cile, "eadar Lochiall 's an Slànuighear!" An robh a' chainnt sin freagarach a bhi air a cleachdadh ann an labhairt ri Crìosduidhnean tuigseach, a bha 'nan tuath a' suidhe fo na tighearnan measail sin? So giùlan a tha nàrach r'a chluinntiu; agus mur bitheadh muinntir na dùthcha sin ciallach, tairis, òrdughail, bbiodh iad air am brosnuchadh gu ar-a-mach an aghaidh an uachdarain shaogh-alta, nach feudadh gun bhochduiun a tharruing a nuas air an cinn fèin. Mo näire!—a' togail airgid o na Gàidheil bhochda, agus gun aig cui'd diubh na chuireas eulach air an druin; agus a bha, o chionn bheagan bhliadhnaichean, a' bàsachadh le gort, 'nuair nach deachaidh na ceart mhinisteirean so fad an lùdaig air an son. Ach a nis, "Thugaibh dhuinn! thugaibh dhuinn!"—sin an glaodh a ta Mactalla a' freagairt o gach craig a's càrn. Ach ge dona so, 'si' chainnt a tha iad a' cleachdadadh a' chuid is brònaiche. Cha'n ann idir air an son fèin, ma's flor, a tha iad 'ga iarraidh, ach airson Criost. Coma leam a leithid so! Cha'n abair mi dieg tuille mu dhéidhinn.

M. Sgoile.—Ach nach sgainnealach an nì nach 'eil a' Phàrlamaid a' soeruchadh na cùise? C'arson nach 'cill iad a' toirt a stigh achd ùr, a chum gach cùis a réiteachadh? Nach bu ghnothuch soirbh dhoibh so a dheanamh?

Foirbh.—Nach d'fheuch iad sin uair a's uair? ach cha luaithe bha a' chùis an iompais a bhi air a réiteachadh, na tha a' bhuidbinn sin ann an Duneudainn, a ta os-ceann a' ghnothuich so, a' tarruing air an ais; agus mar is mò a thairgear dhoibh, 'sann is mò a dh'iarras iad. Nach d'fheuch Morair Abercadhain a' chùis a shoeruchadh? agus có a b'airde 'nam barail na esan, fad tùine mhòr? Mhol iad e le gach eainnt bhrosgulach a b'urrainn daoine a chlcachdadh; ach smuaintich iad gu faodadh iad barrachd fhaotainn na thug {an} t-achd aige-san doibh. Thainig an sin an duine diadhaidh, Sir Deòrsa Sinclair, 'san eadraiginn. Dh'fheuch esan tuilleadh fhaotainn na thug am fear eile dhoibh. Bha coinneamh aige riutha fishead agus fishead uair. Cò

an sin a b'airde cliù na esan? Chòird iad mu'n chuis. Tharruing iad a mach leasachadh, a chuir iad ri achd Morair Aberaidhein. Mhol iad Sir Deòrsa chum nan speuraibh. Chuir iad suas do Lunnuinn e, chum an t-achd so fhaotainn. Chuir iad *Dr Candlish* 'na dhéigh. Thaig an ceann-stuic sin ari socruchadh so a ghabhail. Na di-chuimhnichibh so. Seadh, thaig esan, agus iadsan a chuir a suas e, an socruchadh so a ghabhail; agus thubhairt luchd-comhairle na riogh-achd, "Gbeibh sibh e." Bha a' chuis a nis, do réir gach coslais, làn shuidhichte; ach ciod a' thubhairt *Candlish*? "Gabhadh sinn an socruebadh so, ma gheibh sinn air a' cheart àms' e, agus mu'n éirich a' Phàrlamaid; ach ma chuirear dàil latha ann, tha sinn réidh's e." Dh'innis iad dha nach robh e comasach achd ùr a dheanamh mu'n éireadh a' Phàrlamaid—gu'n deachaidh an latha seachad anns am b'urrainnear achd ùr a thoirt a stigh; "ach co luath's a chruinnicheas sinn a rithist, geallaidh sinn gu faigh an Eaglais na tha i nis toileach a ghabhail. Ma tha'n socruchadh maith a nis," ars' iadsan, "nach bi e a cheart cho maith trì miosan 'na dhéigh so?" Ach coma, cha ghabhadh esan so. Phill e air a shàil, agus chaidh e dhachaidh do Dhuneudainn. A nis, tha'n lagh so a thaig a' bhuidhioun sin do'n chléir a ghabhail, a tha nis a' smàdadh na Pàrlamaid,—tha a' cheart lagh fhathast 'nan tairgse, co luath's a deir an Eaglais gu'n gabh i e.

M. Sgoile.—Tha eagal orm féin, gus an téid Sir Raibeart Peel agus na Tories a mach, nach faigh iad e.

Fuirbh.—Ciòd a rinn càch 'nuair a bha iad a stigh? Cha do thaig iadsan uiread agus lagh idir a dheanamh. 'Si 'chuid is duilge dhoibhsan a tha air ceann na h-ùpraid so, gu bheil na h-uile buidhionn 'nan aghaidh—cùirtean àrd an lagha ann an Albuinn, agus cùirtean àrd an lagha 'n Sasunn—Tigh a' Chumanta anns a' Phàrlamaid, agus Tigh nan Morairean; agus cha'n'eil os-ceann leth-dusan, ma tha sin féin ann, anns a' Phàrlamaid uile, a dhùraiceadh a thoirt doibh na tha iad ag iarraidh—'se sin, an toil féin a leantuinn anns gach èuis a thogras iadsan a ràdh a tha spioradail, agus an cur os-ceann gach lagha. Cia mòr an amaideachd dhoibh, matà, a bhi 'comhstòri airson comas nach robh riabh aig Eaglais na h-Alba, no aig eaglais stéidhichte eile, 's nach bì!

M. Sgoile.—Tha mi 'faicinn nach tig thusa mach aisde, a dh'aona chuid.

Foirbh.—Do réir aona bharail is urrainn dòmhsa air an àm àrach, gu dearbh cha tig. Cha'n fhàg mi mo shean Eaglais mhàthaireil gus am faic mi ciod an seòrsa 'thig 'na h-àite. Ma dh'atharraicheas mi mo bharail, atharraichidh mi mo ghiùlan. Tha dòchas agam gu bheil coguis agam co maith riùsan a ta cho féin-spéiseil, agus a ta 'deanamh na h-uiread thàir air barailean dhaoin' eile. Da rìribh, cha'n e'n fhaoineachd a bheireadh ormsa dealachadh 'ri paillliunaibh an Tighearna, a bhuilich air dùthchaich mo chridhe 's mo ghràidh gach sochair spioradail a bh'aca riabh, gu saor, gun airgiot a's gun luach. 'S gràdhach le m' anam Eaglais na h-Alba, agus cha'n fhàg mi i;—

"Oir tòglach tha ag ghabhail tlachd
D'a chlachaibh sud gach uair;
Tha deagh thoil aig do sheirbhiseàch
D'a luathre is d'a h-ùir."

Rugadh mi innte; agus, glòir Dhàsan a thug mu'n cuairt e (cha cheil mi a ghràs), bha mi air mo bhreith as ùr innte. Rugadh mo phàisdean lurach innte; bhaisteadh iad innte; thog iad maille rium fonn nan Salm 's nan Laoidhean milis innte; agus tha cuid diubb 'nan sineadh

dlùth dhi, fo'n fhòid. Cha'n fhàg mi i. 'S minic a bba mì air mo neartachadh le a h-òrduighnibh priseil: cha sgar mi mi féin uaipe; 's nar leigeadh Dia gum brosnuichinn feadhain eile chum sin a dheanamh. Fhad's a tha Criosd air a shearmonachadh gu dilleas taobh a stigh d'a ballachan, fuirghidh mi innte; agus cléachdaidh mi na h-uile dichioll a-thà'm chomas a chum a h-ath-leasachadh a thoirt mu'n cuairt, agus a riaghailtean ath-ùrachadh, fhad's a tha sin feumail agus comasach a dheanamh. Fhad's is urrainna na seana ghlùinean so agamsa lùbádh aig caithir-gràis, no mo chridhe 's mo shùil a thogail gu néamh, guidhidh mi gum beannaicheadh Dia i. Seadh, togaidh mi an ûrnigh ann an cainnt Righ Daibhidh:—

Sior ghuidhibh do Ierusalem
Sith shàimh is sonas mòr:
A' mhuinnir sin le'n ionmhuinn thu,
Soirbhlicheadh iad gu leòr.

An taobh a stigh do d' bhallaibh féin
Biodh sith is sonas maith;
Deagh-shoирbheas fòs gu robh gu bràth
A'd' lùchraig àrd a stigh.

Air sgà-mò bhràithrean 's luchd mo ghaoil,
Dhuit guidheam sith do ghnàth;
Air sgà-tigh naomh ar Tighearn Dia,
Iarram do leas gu bràth.

A chun a nochdadh gu soilleir do dhaoinibh túrail gu'n do bhrist na ministair-ean taobhach am bòidean òrduchaidh, chuireadh an so sìos na bòidean sin a dh'fheum gach fear dhiubh a ghabhail air fèin mu'n d'thugadh dha cead searmonachaiddh, no mu'n d'fhuair e sgìreachd,—a réir Achd Eaglaise, 1711.

“ Tha mise 'an so ag aideachadh, gu bheil mi gu firinneach a' gabhail ri, agus a' creidsinn, mar fhirlinnibh Dhia, gach uile theagast a tha air a chur sìos ann an Leabhar-Aidmheil a' Chreidimh ris an d'òntaich Ard-Choi'thional Eaglais na h-Albann roimhe so, agus a dhaingnicheadh leis an *Lagh sa' bhlaidhna* 1690, agus a' chaidh gu minic, o'n àm sin, a cho-dhaingneachadh le achd Pàrlamaid; agus tha mi 'gabhallt ris na teagastair ud mar aidmheil mo chreidimh-sa. Agus, mar an ceudna, tha mi ag aontachadh le *fior-gloine* an aoraidh a ta nis air òrduchadh agus 'ga chleachdadhbh anns an Eaglais so, agus leis an Riaghlichas Sheanaireil (no Phreisibitireil) a ta nis gu sona air a stèidheachadh iunte; agus tha mi 'gabhallt ris gu bheil an teagast, an t-aoradh, agus an riaghlichas-eaglais ud, suidhichte air focal Dhia, agus aon an co-chòrdadh ris. Agus tha mi a' gealtuin (tre ghràs Dhia) gu'n dean mi, gu daingean bunaitheach, dlùth-leantuin riu; agus, aon am inbhe féin, gu'n toir mi a h-uile oidheirp 'nam chomas air teagast, air aoradh, air smachd, agus air riaghlichas ud na h-Eaglais a chòmhnuadh, a chumadh suas, agus a dhòn; agus, 'nam chleachdadhbh, gu'n dean mi mi-féin a chumadh ris an aoradh ud, agus gu'n stricheadh mi mi-féin do'n smachd agus do'n riaghlichas ud, agus nach toir mi oidheirp gu bràth (càm no dirreach) air dochair no beul-sìos a dheanamh orra. Agus tha mi a' gealtuin nach lean mi ceuman no cleachdaunnan *roinnteach* (no taobhach) o'n Eaglais mar tha i nise stèidhichte, a' diùltadh agus a' cur cuill ris gach uile theagast, beachd, agus barrail a' ta neosheasmhach ri, no ann an naimhdeas ri teagast, ri aoradh, ri smachd, no ri riaghlichas na h-Eaglais ud.”

G L A S G O W :

J. & P. CAMPBELL, 24, GLASSFORD STREET.

MDCCXLIII.